

# Plana Gniomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

# Clàr-innse

■	Facal bhon Mhinistear	3
■	Geàrr-chunntas	5
■	An Co-theacs Ro-innleachdail	8
■	Co-chonaltradh	10
■	Dachaighean Freagarrach sna h-Àiteachan Ceart	12
■	Mar as Urrainnear Barrachd Dhachaighean Sàr-mhath a Thabhan aig Prìs Reusanta	16
■	A' Dèanamh an Fheum as Fheàrr dhen Taigheadas a th' ann Mu Thràth agus a' Cuideachadh Dhaoine gus Sealbh Fhaighinn air Dachaigh	27
■	Taic do Leasachaidhean fo Stiùir na Coimhearsnachd	39
■	Traigheadas is Eaconamaidhean Ionadail	47
■	Sgrùdadadh air Coileanadh a' Phlana Ghniomh	57
■	Geàrr-iomradh air na Gniomhan agus Clàr-ama Coileanaidh	58
■	Liosta Luchd-ùidhe ris an do Rinneadh Conaltradh	64

# Facal bhon Mhiniestar

'S iad co-ionannachd, cothroman is coimhearsnachdan na trì bun-phrionnsapalan farsaing air a bheil lèirsinn an Riaghaltais seo stèidhichte, agus tha cothroman air taigheadas aig prìs reusanta sna coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach againn fior chudromach dhan lèirsinn sin.

Tha taigheadas glè chudromach do choimhearsnachdan dùthchail agus e gan cuideachadh gus soirbheachadh agus gus brìgh na coimhearsnachd a ghleidheadh. Ma tha taigheadas dhen t-seòrsa cheart san àite cheart gus frithealadh air feumalachdan ionadail a chaidh a chomharrachadh, faodaidh sin buaidh mhòr a thoirt air cùisean mar nach fhaicear ach ainneamh. Bheir e cothrom do dhaoine air na dachaighean a tha dhìth orra is cothrom do dhaoine òga fuireach sna coimhearsnachdan far an deach an togail agus cuidichidh e gnothachasan is seirbheisean ionadail gus luchd-obrach a chumail agus luchd-obrach ùra a thàladh.

Bho 2016 tha an Riaghaltas seo air cuideachadh gus còrr is 10,000 dachaigh aig prìs reusanta a thogail no a thabhall ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach. Ach tha sinn airson barrachd a dhèanamh, sin carson a tha sinn air cur romhairinn 110,000 dachaigh ùr aig prìs reusanta a thogail no a thabhall ro 2032 agus bidh 70% dhiubh rim faotainn air mhàl sòisealta agus bidh 10% dhiubh sna coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach againn.

Tha e mar phrìomh amas nar ro-innleachd taigheadais airson na h-ùine-fhada, Taigheadas gu ruige 2040, gum bi dachaigh shàbhailte, shàr-mhath aig prìs reusanta aig a h-uile duine a tha a' frithealadh air na feumalachdan aca agus a tha san àite far a bheil iad airson a bhith a' fuireach.

Thig buannachdan bho na h-amasan ann an Taigheadas gu ruige 2040 do choimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach, leithid na feadhna a tha ag amas air feum nas fheàrr a dhèanamh dhen taigheadas a th' ann mu thràth le bhith a' dèiligeadh ri dachaighean falamh agus a' cumail rian air mar a thathar a' dèanamh feum de dhàrna dachaighean agus aontaidhean-màil goirid, agus na h-amasan gus barrachd taigheadais a stèidheachadh tro ar sgeama lèirsinneach, Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta.

Tha fios agam gu bheil dùblain shònraighe ann a thaobh taigheadas ann an cuid a sgìrean dùthchail; b' e aon de na ciad rudan a rinn mi mar am Ministear airson Taigheadas maoineachadh luach suas ri £25 millean fhoillseachadh a chuidicheas ùghdarrasan ionadail le bhith a' comharrachadh taigheadas aig prìs reusanta do phrìomh luchd-obrach ann an sgìrean dùthchail. Cuidichidh A' Mhaoin airson Taigheadas aig Prìs Reusanta do Phrìomh Luchd-obrach le bhith a' gleidheadh is a' tàladh prìomh luchd-obrach sna sgìrean seo.

Ghabh mi an cothrom as t-samhradh bruidhinn ri taghadh farsaing de luchd-ùidhe is coimhearsnachdan dùthchail gus faicinn agus cluinni dhomh fhìn mun obair nach beag a tha ga dèanamh, mun cho-obrachadh fheumail a tha a' dol air adhart, agus mu na dùblain a th' ann gus

dachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhan ann an sgìrean iomallach, dùthchail is eileanach. Chan eil aon fhreagairt shìmplidh ann, agus tha e deatamach gum bi co-obrachadh ann gus dèiligeadh ri grunn mòr chùisean.

Tha am plana seo a' toirt cothrom glè chudromach dhuinn a bhith ag obair còmhla gus na dachaighean a tha dhìth air ar coimhairsnachdan dùthchail is eileanach a thoirt dhaibh.

Tha sin a' gabhail a-steach an roinn phoblach – tha taigheadas is fearann aig grunn bhuidhnean poblach a dh'fhaodadh a bhith freagarrach gus taigheadas aig prìs reusanta a stèidheachadh do dhaoine leithid prìomh luchd-obrach. Bheir Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan agus mi fhìn sùil air na dòighean as fheàrr gus sin a dhèanamh, gus am bi sinne mar riaghaltas a' cuideachadh gus fuasglaidhean a lorg airson nan dùbhlain a tha ro choimhairsnachdan dùthchail is eileanach.

Tha companaidhean san roinn phrìobhaidich glè chudromach cuideachd an dà chuid mar luchd-fastaidh agus mar ghnothachasan aig a bheil fearann agus goireasan agus tha fios againn gu bheil cuid dhiubh a' dol an sàs mu thràth ann a bhith a' togail no a' tabhann taigheadas math dhan luchd-obrach aca. Faodaidh sinn rudan ionnsachadh bhuapa agus 's urrainn dhuinn, tron phlana seo agus anns na nì sinn, obrachadh còmhla riutha agus taic a thoirt dhaibh gus barrachd a dhèanamh fhad 's a tha sinn cuideachd a' frithealadh air na feumalachdan aca mar fhastaichean fior chudromach, agus iad gu tric a' toirt obraichean luachmhor do dhaoine anns na coimhairsnachdan dùthchail is eileanach againn.

Tha fios agam gu bheil taigheadas a thèid a stèidheachadh fo stiùir na coimhairsnachd riatanach dhan iomairt fharsaing againn gus barrachd dhachaighean aig prìs reusanta a thabhan. Tha ar Maoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach a-nis na pàirt aithnichte de Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta agus tha i a'

toirt maoineachadh do choimhairsnachdan is buidhnean gus barrachd dhachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhan do dhaoine. Tha grunn bhuidhnean a' toirt taic dhan obair dheatamaich is lèirsinnich seo, agus iad ag obair còmhla ri coimhairsnachdan is daoine eile gus na tha iad a' miannachadh a thoirt gu buil, agus gus na dachaighean aig prìs reusanta a tha a dhìth orra a thogail, agus tha e riatanach gun lean an obair seo.

Chaidh am Plana Gníomh seo a dhealbh mar thoradh air co-chonaltradh farsaing a rinneadh le ar coimhairsnachdan dùthchail is eileanach agus bu toil leam mo thaing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt sa cho-chonaltradh sin agus a chuidich le bhith a' dealbh a' phlana seo.

Ma thathar a' dol a choileanadh gníomhan a' phlana seo, bidh co-obrachadh nach beag a dhìth mar thaic do dh'fheallsanachd a tha a' gabhail a-steach a h-uile siostam agus thathar ag iarraidh air luchd-compàirt a bhith ag obair còmhla gus na h-atharraichean a chur an sàs a dh'fheumas sinn a thoirt gu buil còmhla.

Tha am plana seo a' co-fhreagairt air obair lèirsinneach eile a thathar a' dèanamh mar thaic do choimhairsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach. Tha e mar phàirt cudromach dhen obair gus dèiligeadh ris na dùbhlain a th' ann agus tha e a' stèidheachadh nan siostaman is na taice a tha dhìth gus dachaighean a thogail sna h-àiteachan ceart a chuidicheas coimhairsnachdan gus soirbheachadh.



A handwritten signature in black ink, appearing to read "Pòil MacIllFhinnein BPA".

**Pòil MacIllFhinnein BPA**

Am Ministeir airson Taigheadas

# Geàrr-chunntas

‘S iad co-ionannachd, cothroman is coimhearsnachdan na trì bun-phrionnsapalan farsaing air a bheil lèirsinn an Riaghaltais seo stèidhichte, agus tha a bhith a’ togail no a’ tabhann taigheadas aig prìs reusanta sna coimhearsnachdan dùthchail is eileanach againn aithnichte mar phriomhachas san Ro-innleachd Taigheadais againn airson na h-ùine fada, Taigheadas gu ruige 2040, ann am Plana Nàiseanta nan Eilean aig Alba agus san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh agus san Aonta Ùr airson Luchd-gnothaich.

Tha na sgrìobhainnean poileasaidh ro-innleachdail sin a’ cur an cèill gu soilleir gu bheil dùblain ro na coimhearsnachdan dùthchail is eileanach a tha co-cheangailte ris na h-àiteachan sa bheil iad agus a tha uaireannan eadar-dhealaichte bho chàch, agus thugadh iomradh air na dùblain sin cuideachd sa cho-chomhairleachadh is co-chonaltradh farsaing a rinneadh a tha, cho math ri coileanadh com-pàirteach, mar bhunait dhan Phlana Ghniomh seo. Chuala sinn gu bheil daoine ag iarraidh co-obrachadh nas dlùithe buileach a bhith ann le ùghdarrasan ionadail, comainn thaigheadais agus buidhnean coileanaidh eile agus gun tèid togail as ùr air an obair chom-pàirteach le luchd-gnothaich, agus tha sinn air cur romhainn sin uile a thoirt gu buil.

Tha am plana a’ sealltainn na h-obrach a tha sinn a’ dèanamh mu thràth a dh’fheumas sinn a chumail suas, na rudan a bharrachd a nì sinn, agus mar a chumas sinn oirnn a’ sgrùdadhbhuidh ar gnìomhan agus mar a dh’fheumas sinn a bhith innleachdach nar gnìomhan nuair a dh’èireas feumalachdan ùra no feumalachdan air nach deach frithealadh, no ma nochdas cothroman ùra.

Obraichidh sinn còmhla ri daoine eile gus am Plana Gnìomh seo a choileanadh, agus sinn a’ dèanamh sgrùdadhbhuidh is measadh air ìrean-coileanaidh agus buaidh a’ phlana, a’ beachdachadh air atharraichean a thig air coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach na h-Alba agus a’ dèiligeadh, mar as iomchaidh, ri dùblain ùra nuair a dh’èireas iad.

## Fhad ’s a tha sinn ag obair ann an com-pàirt ri càch cumaidh sinn oirnn:

- a’ coileanadh ar n-amais gus 110,000 dachaigh ùr aig prìs reusanta a thogail no a thabhanndail ro 2032, agus bidh 10% dhiubh ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach;
- a’ sgrùdadhbhuidh coileanadh Frèam Planaidh Nàiseanta 4;
- ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus uachdarain shòisealta chlàraichte gus feum a dhèanamh dhen Mhaoin airson Taigheadas aig Prìs Reusanta do Phriomh Luchd-obrach a rèir an iarrtais a bhios ann agus tha suas ri £25 millean ri fhaotainn gu 2028;

- ag obair còmhla ri Com-pàirteachas Dhachaighean Falamh na h-Alba gus feum as ùr a dhèanamh de bharrachd dhachaighean falamh, agus an lùib na h-obrach sin bithear a' comharrachadh cothroman co-nbrachaidh ùra agus a' co-phàirteachadh shàr dhòighean-obrach am measg oifigearan airson dhachaighean falamh ann an sgìrean dùthchail is eileanach;
- a' toirt taic do leasachaidhean taigheadais fo stiùir na coimhairsnachd, agus sinn a' cumail oirnn a' tabhann taic bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach le suas ri £30 millean ri fhaotainn ann an ùine na Pàrlamaid seo;
- a' coimhead air na cothroman a th' ann an lùib mhodhan-togail ùra agus a' bhuaidh a bhios aca ann an sgìrean dùthchail is eileanach;
- ag ath-leasachadh is ag ùrachadh reachdas a thaobh ceannach èigneachail ann an Alba;
- a' sgrùdadadh sgeama nan Tabhartasan airson Taigh-croite gach bliadhna gus measadh a dhèanamh air buaidh is èifeachd an sgeama;
- a' dèanamh sanasachd am measg choimhairsnachdan air Aontaidhean airson Sealbh, agus a' leudachadh air comasan dhaoine agus air na th' ann de choimhairsnachdan a ghabhas an cothrom agus sinn a' dèanamh sanasachd air lìonra de luchd-comhairleachaidh is eòlaichean ionadail; agus
- ag obair ann an com-pàirt gus sgrùdadadh a dhèanamh air na thathar a' togail, no air togail, de thaigheadas a tha uidheamaichte airson ceangal gigabit gus dèanamh cinnteach gum faighear nas urrainnear de ghoireasan is buannachdan bhon chiad Phròiseact Gigabit ann an Alba a bhios a' sireadh thairgsean nas fhaide air a' bhliadhna seo.

## Nì sinn na leanas cuideachd:

- a' toirt taic do dhòighean-obrach co-nbrachail a tha stèidhichte air àiteachan gus fearann a chomharrachadh airson taigheadas aig prìs reusanta, agus bithear a' cur cuideam air fearann is goireasan san roinn phoblaich, agus air ath-leasachadh an fhearainn a tha ag amas air cumhachd a thoirt do choimhairsnachdan;
- a' toirt taic-airgid seachad, a tha air a co-mhaoineachadh leis an Stèidheachd Nàiseanta, airson cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na comasan is an t-eòlas aig an luchd-obrach aig Urras Taigheadais nan Coimhairsnachdan agus Taigheadas Coimhairsnachd Cheann a Deas na h-Alba gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh taigheadas aig prìs reusanta;
- a' dèanamh co-chomhairleachadh air atharraichean air inbhean-togail a bhiodh a' fàgail dleastanas air luchd-leasachaidh gus ceanglaichean didseatach sàr mhath a chur air dòigh anns gach leasachadh taigheadais ùr;
- a' toirt chumhachdan ùra do dh'ùghdarrasan ionadail gus ìrean cìs comhairle nas àirde iarraidh airson dàrna dachaighean bhon Giblean 2024;
- ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus sgrùdadadh a dhèanamh air mar a thèid raointeann-rian airson àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine a stèidheachadh;
- a' barantachadh rannsachadh neo-eisimeileach gus cuideachadh le sgrùdadadh air sealbh air dachaighean aig prìs reusanta ann an sgìrean dùthchail agus eileanach;
- a' leudachadh air mar a thèid uallaichean taigheadais dùthchail a chleachdadh gus taigheadas aig prìs reusanta a stèidheachadh;
- a' beachdachadh air Òrduighean Reic Èigneachail is mar a ghabhas an cleachdadadh;

- a' cur nam prionnsapalan bhon Aonta Ùr airson Luchd-gnothaich an sàs gus taic nas fheàrr a thoirt do dh'obair chom-pàirteach a tha a' cur taic ri eaconamaidhean dùthchail is eileanach, fàs am measg ghnothachasan, agus ri oidhirpean gus beairteas nan coimhersnachdan a leudachadh, gu h-àraidh tro:
- ocheanglaichean nas dlùithe ri fo-bhuidhnean taigheadais nan Com-pàirteachasan Roinneil Eaconamach, agus sinn a' beachdachadh gu mionaideach air cothroman gus fàs a thoirt air eaconamaidhean, mar a thèid taigheadas ùr a stèidheachadh, comasan is sgilean ann an roinn na h-nbrach-togail agus an t-àite a th' aig an roinn phriobhaidich san fharsaingeachd an lùib chûisean; agus
- obhith ag obair gus dèiligeadh ri dùblain a gheibhear a thaobh solarachaidh, sgilean is chomasan ann an roinn na h-nbrach-togail.

### **Agus bithear a' cruthachadh dhòighean-obrach ùr-ghnàthach mar thoradh air:**

- co-nbrachadh leantainneach eadar sgiobaidhean sgìreil Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte agus priomh luchd-compàirt is luchd-ùidhe eile, leithid a bhith a' co-phàirteachadh eòlas is sàr dhòighean-obrach; agus
- co-chonaltradh cunbalach le luchd-compàirt is coimhersnachdan, agus àrd-choinneamh bhliadhnaileis a' Mhinistear airson Taigheadas sa chathair gus measadh a dhèanamh air adhartas, buaidh a' phlana agus mar a tha cùisean ag atharrachadh ann an coimhersnachdan dùthchail is eileanach na h-Alba.

Gheibhear mìneachadh nas mionaidiche air na gnìomhan seo sa Phlana Ghnìomh fhèin.

# An Co-theacsa Ro-innleachdail

Chuir am Prìomh Mhinstear cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba an cèill ann an Co-ionannachd, cothroman, coimhearsnachdan: Ceannas ùr – Toiseach tòiseachaidh ùr sa Giblean 2023, agus e ga dhèanamh soilleir gur ann stèidhichte air co-ionannachd, cothroman is coimhearsnachdan a tha cinn-uidhe an riaghaltais. Tha am plana seo a' toirt taic do na cinn-uidhe phoileasaидh sin agus tha e a' co-fhreagairt air taghadh de dh'obair chudromach eile a thathar a' dèanamh airson ar coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach. Bidh taigheadas cuideachd na phàirt cudromach dhen Phlana Choileanaidh Dhùthchail a thèid fhoillseachadh, a chuireas an cèill na tha gach pàirt de Riaghaltas na h-Alba a' coileanadh airson coimhearsnachdan dùthchail, oirthire agus eileanach na h-Alba.

Tha am plana seo a' stèidheachadh grunn ghniomhan mar thaic do Thaigheadas gu ruige 2040, ar ro-innleachd taigheadais airson na h-ùine-fhada dha bheil e na amas dèanamh cinnteach gum bi dachaighean matha, sàbhailte, tèarainte agus blàth aig daoine. Tha am plana a' toirt taic gu h-àraighe dhan ghealladh san ro-innleachd sin gus '**gniomhan a choileanadh feuch am bi cothrom aig daoine ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach air taigheadas fior mhath, aig prísean reusanta agus prísean na margaidh, a thèid a phlanadh còmhla ris a' bhun-structair a bhios na thaic do dhaoine nam beatha, nan obair agus a chuidicheas iad gus soirbheachadh – agus cuidichidh sin le bhith a' cur stad air call-sluaigh ann an sgìrean dùthchail**'.

Ann an Taigheadas gu ruige 2040, thathar ag aithneachadh gu bheil dùblain ann agus measgachadh de shuidheachaidhean

ann an sgìrean dùthchail a thaobh mar a thèid taigheadas a thogail no a thabhall agus thathar cuideachd a' gabhail ris gum faod àireamh bheag de dhachaighean a bharrachd diofar glè mhòr a dhèanamh a thaobh mar a mhaireas coimhearsnachdan dùthchail air stèidh làidir thar ùine fhada. Chaidh cuideam a chur air taigheadas dùthchail cuideachd an lùib cuid a gheallaidhean ann an Aonta Taigh Bhòid eadar Riaghaltas na h-Alba agus Partaidh Uaine na h-Alba.

Ann am Plana Nàiseanta nan Eilean airson Alba thathar ag aithneachadh gu bheil gach nì, leithid còmhdaile, taigheadas no slàinte, co-cheangailte. Tha iad uile an urra ri chèile agus feumaidh gach roinn obrachadh còmhla gus am faicear na builean as fheàrr airson dhaoine. Tha grunn gheallaidhean sa phlana co-cheangailte ri taigheadas leithid a' dèanamh an fheum as fheàrr de dhachaighean a th' ann mu thràth,

riaghlaigh airson aontaidhean-màil goirid, a' dèanamh rudeigin mu dhachaighean falamh agus gun lean am maoineachadh airson thabhartasan a leigeas le croitearan taighean-croite a thogail no a leasachadh. Tha **Clàr Coileanaidh Plana Nàiseanta nan Eilean** a' sealltainn mar a bheir Riaghaltas na h-Alba na prìomhachasan gu buil thar na h-ùine a chaidh a chomharrachadh gus Plana Nàiseanta nan Eilean a choileanadh. Mar a dh'fheumar a dhèanamh fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean ann an 2023-2024 gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' coileanadh na tha a dhìth.

Tha am Plana Gníomh seo ag amas air coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach. Tha Riaghaltas na h-Alba a' seòrsachadh **àiteachan bailteil/dùthchail** ann an dòigh chunbalach agus sin stèidhichte air àireamh an t-sluagh agus ruigsinneachd. Airson a' Phlana Gníomh seo tha sinn a' cleachdadadh dòigh-sheòrsachaидh le sia slatan-tomhais: dùthchail iomallach, dùthchail ruigsinneach agus bailtean beaga iomallach (raointean seòrsachaидh 4, 5 agus 6).

'S iomadh seòrsa cùis co-cheangailte ri taigheadas air am feum coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach beachdachadh. Faodaidh càileachd, prìs agus àireamh nan dachaighean a bhith eadar-dhealaichte ann an diofar sgìrean, cuideachd gheibhear suidheachaidhean eadar-dhealaichte a thaobh chothroman eaconamach is tuarastalan. Cuideachd, faodaidh nithean mar ruigsinneachd, còmhdaill, goireasan agus far a bheil àite buaidh a thoirt air cùisean. 'S e dùbhlann mòr eile a gheibhear, na th' ann de thaighean a tha air an cleachdadadh airson adhbharan eile seach a bhith nan dachaigh mhaireannach. Tha gníomhachas na turasachd fior chudromach do thòrr àiteachan dùthchail ann an Alba, ach, faodaidh mar a tha luchd-turais a' sireadh àiteachan-fuirich agus dàrna dachaighean buaidh a thoirt air an uiread de thaigheadas a tha ri fhaotainn agus air prìs an taigheadais sin airson choimhearsnachdan ionadail, prìomh luchd-obrach agus luchd-obrach turasachd.

Sa Phlana Gñiomh seo, thathar a' tuigsinn gum faodadh fuasglaidhean iomadh-fhillte a bhith a dhìth gus barrachd dhachaighean a thabhallan sna h-àiteachan ceart ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach agus gum bi diofar fhuasglaidhean a dhìth air diofar àiteachan. Dh'fhaodadh nach obraich an aon seòrsa taice anns gach coimhearsnachd. Ma thathar a' dol lorg fhuasglaidhean freagarrach airson taigheadas a tha stèidhichte air an àite agus a chuidicheas coimhearsnachdan thar nan ginealach a tha ri thighinn, tha e fiòr chudromach gum bi tuigse againn air cùisean co-cheangailte ri solarachadh taigheadais, na nithean a bheir buaidh air a' mhargaidh agus air an iarrtas a th' ann agus tuigse air cùisean co-cheangailte ri gabhaltas agus prìsean reusanta.

Le tòrr de na gniomhan sa phlana seo, thathar ag iarraidh dèiligeadh ris na prìomh dhùbhlain a gheibhear an lùib a bhith a' tabhallan barrachd dhachaighean aig prìs reusanta, leithid cion fearainn, gainhead luchd-obrach no companaidhean gus dachaighean a thogail, dachaighean airson prìomh luchd-obrach a dhìth, agus a' dèanamh an fheum as fheàrr dhen taigheadas a th' ann le bhith a' dèiligeadh ris an àireimh àird de dhàrna dachaighean agus an uiread de thaighean falamh a gheibhear.

Ma thathar a' dol a choileanadh gñiomhan a' phlana seo, 's ann tro chom-pàirteachas as fheàrr a nithean sin. Bidh feum air dealas, co-obrachadh agus taic bho iomadh buidheann agus feumaidh coimhearsnachdan obrachadh còmhla ri Riaghaltas na h-Alba gus barrachd taigheadais a thogail is a thabhallan ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.

# Co-chonaltradh

Tha am plana seo a' cur taic ris na h-amasan a chithear ann an Traigheadas gu ruige 2040, amasan a chaidh a dhealbh mar thoradh air co-chomhairleachadh farsaing a chaidh a chumail le coimhairsnachdan is luchd-ùidhe air feadh na dùthcha, a' gabhail a-steach choimhairsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.

Nuair a bha sinn ag ullachadh a' phlana seo, ghabh sinn ealla ri beachan bhon cho-chomhairleachadh sin agus rinn sinn barrachd co-chonaltraidh a dh'aona-ghnothach gus beachdan a shireadh bho thaghadh farsaing de choimhairsnachdan is luchd-ùidhe. Mar phàirt de sin, chùm sinn diofar choinneamhan le prìomh luchd-ùidhe agus buidhnean aig an robh farsaingeachd de bheachdan air taigheadas ann an coimhairsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.

Nam measg bha na h-ùghdarrasan ionadail a tha a' riochdachadh choimhairsnachdan dùthchail is eileanach na h-Alba, uachdarain shòisealta chlàraichte, luchd-comasachaidh taigheadais dùthchail, urrasan leasachaidh, gnothachasan agus buidhnean leithid Bòrd na Gàidhlig, Uisge na h-Alba, Coimisean Fearainn na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd. Cuideachd, rinneadh co-chonaltradh ri riochdairean bho ghniomhachasan (me, tuathanasan èisg, turasachd, companaidhean togail), òigridh, daoine a bha a' riochdachadh luchd-labhairt na Gàidhlig, tuathanaich, croitearan agus riochdairean bho fhoghlam àrd-ìre. Chithear liosta de luchd-ùidhe ris an do rinn sinn co-chonaltradh aig deireadh a' phlana seo.

Bha an co-chonaltradh a rinn sinn le lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus lomairt Cheann a Deas na h-Alba glè fheumail. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth còmhla ris an dà bhuidhinn sin agus tro na fo-bhuidhnean taigheadais ùra aig a' Chom-pàirteachas Roinneil Eacnamaich, còmhla ri ùghdarrasan ionadail, gus taic a chumail ris an obair aca le gnothachasan agus coimhairsnachdan ionadail feuch am bithear a' daingneachadh nan ceanglaichean làidir eadar taigheadas agus an eaconamaidh ionadail.

## Prìomh Phuingean a Chaidh a Thogail sa Cho-chonaltradh againn

---

Tha fios againn gum faod cùisean a bhith gu math toinnte nuair a thig e gu bhith a' togail is a' tabhann taigheadas ùr ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach, agus gu bheil gach sgìre eadar-dhealaichte agus gu bheil aca ri dèiligeadh ris na h-uallaichean is dùblain aca fhèin agus gu bheil cothroman sònraichte aig gach sgìre fa leth cuideachd. Ge-tà, chaidh puingean cudromach a thogail sa cho-chonaltradh a dh'fhaodar a ràdh mu thòrr sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach agus tha am Plana Gniomh seo ag amas air rudeigin a dhèanamh mu choinneimh nam puingean sin. 'S iad sin:

- 1.** Ann an sgìrean dùthchail is eileanach, tha dlùth-cheangal eadar feumalachdan taigheadais agus an t-àite, an eaconamaidh agus a' choimhearsnachd agus bidh co-obrachadh èifeachdach a dhìth gus fuasglaidhean a lorg.
- 2.** Chan eil an uiread sin de thaigheadas ga thogail leis an roinn phrìobhaidich taobh a-muigh sgìrean sa bheil sluagh mòr a' fuireach agus tha sin a' toirt lùghdachadh air an àireimh de roghainnean airson taigheadas ùr agus de cothroman gus sealbh fhaighinn air dachaigh.
- 3.** Ann an cuid a sgìrean, tha dùblain ann a thaobh a bhith a' comharrachadh fearann a tha freagarrach airson na dachaighean a tha a dhìth a thogail. Thathar a' gabhail ris gum faodadh barrachd co-obrachaidh aig ìre ionadail cuideachadh le bhith a' gabhail nan cothroman a th' ann.
- 4.** Tha cion chomasan togail, sgilean agus dùblain a thaobh solarachadh stuthan togail a' toirt buaidh air an uiread taigheadais as urrainnear a thogail ann an cuid a sgìrean, agus tha sin a' cur ri cosgaisean, an ùine a bheir e taigheadas a thogail agus a' toirt buaidh air mar as urrainnear taigheadas a thabhan no a thogail.
- 5.** Ann an cuid a sgìrean, tha taigheadas fo stiùir na coimhearsnachd a' dèanamh diofar mòr ann a bhith a' frithealadh air feumalachdan taigheadais ionadail agus faodaidh na ceumannan gus leithid a thaigheadas a chur air dòigh a bhith dùblanach agus mar sin tha comhairle is stiùireadh cunbalach a dhìth do na coimhearsnachdan.
- 6.** Feumar am feum as fheàrr a dhèanamh de na dachaighean a th' ann mu thràth, leithid dhachaighean faladh agus a' dèanamh cothromachadh eadar an t-iarrtas a th' ann airson dàrna dachaighean is àiteachan-fuirich le aontaidhean-màil gearr-ùine agus mar a tha feum air dachaighean maireannach.

# Dachaighean Freagarrach sna h-Àiteachan Ceart

Tha taigheadas a' toirt buaidh mhòr air beatha dhaoine agus seasmhachd ann an coimhairsnachdan dùthchail agus tha e a' toirt taic dhan eaonamaidh ionadail. Ma tha coimhairsnachdan dùthchail a' dol a shoirbheachadh, tha e deatamach gum bi dachaighean freagarrach ann dhaibh sna h-àiteachan ceart. Gus dèanamh cinnteach gum faigh coimhairsnachdan taic thar ùine fhada, tha e glè chudromach gun tèid fuasglaidhean a dh'aona-ghnothach, stèidhichte air an àite, a chur an sàs far a bheilear a' beachdachadh air na dhìth an-dràsta agus san àm ri teachd a thaobh taigheadas, gabhaltas agus prìsean reusanta agus air goireasan agus bun-structair.

Ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach, faodaidh gnìomhan beaga diofar mòr a dhèanamh agus faodaidh àireamh bheag de dhachaighean ùra buaidh mhòr a thoirt air cùisean mar nach fhacticear ach ainneamh, agus iad a' cur ri neart na coimhairsnachd thar na h-ùine fada. 'S e a tha fa-near do Riaghaltas na h-Alba nuair a tha iad a' beachdachadh air mar a thèid taigheadas ùr a chur air dòigh agus planaichean airson sin, gum bi "**dachaighean freagarrach sna h-àiteachan ceart**". Tha am prionnsapal bunaiteach sin, stèidhichte air an àite, a' buntainn ri sgìrean dùthchail cho math ri bailtean agus tha e mar bhunait dhan fheallsanachd againn airson fuasglaidhean taigheadais air feadh na h-Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa dachaighean sàr-mhath aig prìs reusanta a thogail is a thabhall air feadh na h-Alba, agus sin a' gabhail a-steach ar coimhairsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach. Tha sinn air amas fad-ùine a stèidheachadh gus 110,000 dachaigh ùr aig

prìs reusanta thabhall do dhaoine ro 2032 – bidh co-dhiù 70% dhiubh sin ann an roinn an taigheadais shòisealta air mhàl agus bidh 10% dhiubh sna coimhairsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach. Tha fios againn gum faod cùisean a bhith nas iomadh-fhillte nuair a thig e gu bhith a' togail is a' tabhann barrachd dhachaighean ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach an coimeas ri sgìrean bailteil, tha e a' toirt nas fhaide dachaighean a thoirt air adhart, tha na cosgaisean leasachaидh nas àirde, agus faodaidh e a bhith nas duilghe fearann freagarrach a lorg aig prìs reusanta anns na h-àiteachan ceart.

Tha ceangal làidir eadar taigheadas aig prìs reusanta a thèid a thabhall is a thogail tro Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus mar a thèid cur ri beairteas choimhairsnachdan. Bidh an fheadhairn a bhios a' tabhann taigheadas aig prìs reusanta ann an sgìrean dùthchail is eileanach – leithid ùghdarrasan ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte, luchd-

comasachaidh taigheadais dùthchail agus coimhearsnachdan – a' dèanamh diofar mòr dhan eaonamaidh ionadail, agus 's iomadh buannachd, a bharrachd air na dachaighean fhèin, a thig bhon taigheadas aca. Tro obair togail is chàraidh tha an taigheadas a' cruthachadh chothroman obrach do choimhearsnachdan ionadail agus bithear a' ceannach bathar is sheirbheisean, agus gu tric 's iad na gnothachasan beaga is meadhanach mòr a gheibh buannachd às an sin agus cuidichidh sin gus obraighean ionadail a ghleidheadh agus gus ionmhas a ghleidheadh sna coimhearsnachdan.

Tha an dòigh-obrach againn gus piseach a thoirt air an eaonamaidh, A' Cur ri Beairteas nan Coimhearsnachdan, a' sealltainn mar a tha e na amas dhuinn leasachadh a dhèanamh air na dòighean practaigeach a th' againn gus ar cinn-uidhe airson eaonamaidh a nì feum do mhath dhaoine a choileanadh, cinn-uidhe a chithearn ann an Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaonamaidh. Tha sinn air cur romhainn modhan-solarachaidh a chleachdadh gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh barrachd obraighean is obraighean nas fheàrr, le fàs am measg ghnothachasan agus le slighean nas giorra gus bathar is stuthan togail a ghiùlan mar thaic do dh'amasan airson cothromachadh-carboin agus gus am bi gnìomhachas na h-obrach-togail air stèidh nas làidire. Tha sinn air taghadh de goireasan, poileasaidhean taice agus stiùridhean a chur air dòigh gus na modhan-solarachaidh a dhèanamh nas simplidh agus gus am bi e nas phasa do dhaoine fiosrachadh fhaighinn agus cothroman a ghabhail.

A' togail air an tachartas Luchd-gnothaich sa Phàrlamaid a chaidh a chumail sa Ghearran 2023, rannsachadh a rinneadh air Gnothachasan Beaga is Meadhanach Mòr agus air an treas roinn, agus co-chonaltradh leantainneach le gnothachasan gus dòighean-obrach fheuchainn agus a leasachadh, tha sinn a' dealbh Plana

Gníomh airson Ghnothachasan Beaga is Meadhanach Mòr a Gheibh Taic agus an Treas Roinn.

Bithear a' planadh airson taigheadas tro phròiseas stèidhichte. 'S ann an urra ri ùghdarrasan ionadail a tha e measadh a dhèanamh air na tha dhìth a thaobh taigheadas agus dèanamh cinnteach gu bheil talamh freagarrach ann, anns na h-àiteachan ceart, gus taigheadas a thogail – agus iad nan ùghdarrasan taigheadais reachdail agus mar as trice nan ùghdarrasan planaидh cuideachd. Tha dleastanasan air ùghdarrasan nam Pàircean Nàiseanta cuideachd mar ùghdarrasan planaидh.

Tha Còraichean Leasachaiddh Ceadaichte a' cur an cèill na dh'fhaodas daoine a thogail gun a bhith a' cur iarrtas-dealbhachaidh a-steach. Chaith Còraichean Leasachaiddh Ceadaichte ùra a chur an sàs sa Ghiblean 2021 a tha a' ceadachadh obair leasachaiddh air toglachean àiteachais no coilltearachd gus suas ri còig àiteachan-còmhnaidh a chruthachadh anns gach togalach.

Tha aig a h-uile ùghdarras planaидh ri Plana Leasachaiddh Ionadail ullachadh airson na sgìre aca, air an tèid ath-sgrùdadadh a dhèanamh gach deich bliadhna, a sheallas mar a dh'atharraicheas àiteachan san àm ri thighinn, le fios air càite am bu chòir leasachaidhean a bhith agus càite nach bu chòir dhaibh a bhith. Bidh Planaichean Leasachaiddh Ionadail a' sealltainn nan àiteachan far am bi dachaighean ùra is àiteachan-obrach ùra agus seallaidh iad ciamar a thèid seirbheisean is goireasan, leithid sgoiltean is còmhdailean, a chur air dòigh. Bu chòir do Phlanaichean Leasachaiddh Ionadail molaidhean a dh'aona-ghnothach a thoirt seachad a thaobh taigheadas dùthchail, agus nuair a tha e iomchaidh bu chòir molaidhean a bhith ann mu choinneimh mar a thèid fàs a thoirt air an t-sluagh – mar eisimpleir, pròiseactan taigheadais beaga agus croitean coille, agus ath-thuineachadh a bhith ann an sgìrean far am b' àbhaist daoine a bhith a' fuireach nuair a tha sin freagarrach.

Nuair a tha ùghdarrasan planaидh ag ullachadh Phlanaichean Leasachaидh ionadail, feumaидh iad ealla a ghabhail ri Frèam Planaидh Nàiseanta 4 agus Planaichean Àite ionadail, sin planaichean a thèid ullachadh fo stiùir na coimhearsnachd a bhios a' stèidheachadh mholaidhean a thaobh mar a bu chòir am fearann a bhith air a leasachadh agus a chleachdad. Aon uair 's gu bheil na Planaichean Leasachaидh ionadail deiseil agus air an clàradh leis an ùghdarras phlanaидh, feumar ealla a ghabhail riutha nuair a thathar ag ullachadh Plana Leasachaидh ionadail, ma bhuiteas iad ri sgìre a' Phlana sin.

Tha aig a h-uile ùghdarras ionadail ri Ro-innleachd Taigheadais ionadail ullachadh – stèidhichte air measadh a rinneadh air na tha dhìth a thaobh taigheadas agus air an iarrtas air a shon – anns am bithear a' sealltainn nam prìomhachasan is nam planaichean aca gus taigheadas is seirbheisean co-cheangailte ris a stèidheachadh thairis air còig bliadhna. A thaobh sgìrean dùthchail is eileanach, bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail beachdachadh air na cùisean is dùblain a bhios gu h-àraidh a' toirt buaidh orra nuair a thig e gu taigheadas is seirbheisean co-cheangailte ris agus bu chòir dhaibh planaichean ullachadh gus dèiligeadh riutha sin. Mar eisimpleir, bu chòir prìomhachasan sònraichte a stèidheachadh airson taigheadas aig prìs reusanta air feadh na sgìre, agus mar phàirt de sin bithear a' beachdachadh air cùisean gabhaltais, meud nan taighean agus a bheil feum air taigheadas sònraichte. Thèid Ro-innleachdan Taigheadais ionadail ùrachadh a h-uile còig bliadhna, agus tha cothrom le sin measadh a dhèanamh feuch a bheil na Feumalachdan a thaobh Fearann airson Taigheadas ionadail, a tha air an comharrachadh sna Planaichean Leasachaидh ionadail, fhathast freagarrach agus an gabh frithealadh orra.

Cuideachd, tha aig ùghdarrasan ionadail ri Plana Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas ullachadh gach bliadhna a bu chòir ealla a ghabhail gu dlùth

ri prìomhachasan san Ro-innleachd Taigheadais ionadail. Anns gach Plana Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas gheibhear fiosrachadh air pròiseactan airson taigheadas aig prìs reusanta air a bheil prìomhachas thairis air còig bliadhna, a' gabhail a-steach phròiseactan ann an sgìrean iomallach, dùthchail is eileanach. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt sùil as ùr air gach Plana Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas gach bliadhna agus bheir iad beachdan do dh'ùghdarrasan ionadail orra.

Tha còig sgiobaidhean sgìreil aig Riaghaltas na h-Alba a bhios ag obair gu dlùth còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidhe ionadail eile gus cuideachadh le bhith a' togail is a' tabhann taigheadas aig prìs reusanta agus le bhith a' coileanadh amasan co-cheangailte ri taigheadas san fharsaingeachd agus ri àiteachan ionadail. Mar eisimpleir, bidh Co-bhuidheann Taigheadais na Gàidhealtachd aig Comhairle na Gàidhealtachd a' coinneachadh gach seachdain far am bi còig uachdarain shòisealta chlàraichte a tha an sàs ann an leasachaidhean taigheadais, Riaghaltas na h-Alba agus riochdarean bho roinnean buntainneach dhen Chomhairle a' tighinn còmhla gus obair a sgrùdadh is a cho-òrdanachadh. Mar an ceudna, tha Fòram Taigheadais Ro-innleachdail Earr- Ghàidheal is Bhòid ann, com-pàirteachas le iomadh buidheann, a bhios a' coinneachadh gach ràith gus co-òrdanachadh is sgrùdadh a dhèanamh air mar a thèid taigheadas aig prìs reusanta a thogail is a thabhan gu h-ionadail. Air an fhòram sin tha, an t-ùghdarras ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte, Riaghaltas na h-Alba, Taigheadas Dùthchail na h-Alba agus Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan.

**Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn diofar luchd-ùidhe aig a bheil ùidh shònraichte ann an taigheadas agus tha e a' sealltainn an àite a th' aca ann an siostam an taigheadais.**



## Luchd-leasachaидh Priobhaideach

- A' cur mholaidhean leasachaидh ùra a-steach.
- Seirbheisean togail is a' stèidheachadh taigheadas.



## Buidhnean Taigheadais na Treas Roinne

- Taic do phròiseactan taigheadais fo stiùir na coimhearsnachd.
- Fiosrachadh air mar a stèidhichear taigheadas.
- Comhairle is taic.
- Poileasaидhean is dòighean-obrach.



## Uachdarain Shòisealta Chlàraichte

- Sealbh air is a' stiùireadh taigheadas aig prìs reusanta.
- A' stèidheachadh taigheadas ùr aig prìs reusanta.
- Comhairle is taic do luchd-gabhlair.

# Priomh Luchd-ùidhe

## Taigheadas ann an Sgìrean Iomallach, Dùthchail is Eileanach



### Riaghaltas na h-Alba

- Poileasaидhean Nàiseanta – Taigheadas gu ruige 2040 / Frèam Planaidh Nàiseanta 4
- Stiùireadh:
  - Planaichean Leasachaидh Ionadail;
  - Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail;
  - Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas; agus
  - Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta.
- Maoineachadh do dh'ùghdarrasan ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte agus daoine eile gus taigheadas aig prìs reusanta a stèidheachadh, càileachd an taigheadais a leasachadh agus gus dèanamh cinnteach nach bi daoine gun dachaigh.
- Taic gus dachaighean a cheannach, leithid nan sgeamaichean aig an Iomairt Beag-chosgais airson Daoine a tha Ceannach airson a' Chiad Uair agus Maoin lasadan airson Dachaigh a Thogail



### Riaghaltas Ionadail

- Ùghdarris Taigheadais is Planaidh Reachdail.
- Dleastanas reachdail fo Achd an Taigheadais (Alba) 2001 gus Ro-innleachd Taigheadais Ionadail ullaichadh, tro cho-chomhairleachadh agus le taic bho mheasadh air na tha a dhìth agus air an iarrtas a thaobh taigheadas.
- San Ro-innleachd Taigheadais Ionadail chithear na planaichean airson taigheadas is seirbheisean co-cheangailte ri taigheadas thar sgìre an ùghdarrais ionadail.
- Diofar dhleastanasan reachdail leithid daoine gun dachaigh, bochdainn connaidh, co-ionannachd, atharrachadh na gnàth-shìde, eifeachdas cumhachd agus càileachd taigheadais.
- A' cruthachadh Plana Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas gach bliadhna a bhios a' gabhlair ealla ri priomhachasan na Ro-innleachd Taigheadais Ionadail.
- A' cruthachadh Plana Leasachaидh Ionadail.
- Ag aontachadh ri iarrtasan planaidh.



### Buidhnean Iomairt

- Iomairt Cheann a Deas na h-Alba.
- Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.
- A' torta taic dhan eaonamaidh roinneil agus do leasachaидhean coimhearsnachd.



## Luchd-còmhnaidh

- Daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach.
- A' stèidheachadh taigheadas is Planaichean Àite Ionadail.



## Buidhnean Luchd-ùidhe

- Bidh na nì iad a rèir an dleastanasan, 's dòcha gun toir iad buaidh air no stiùir do phoileasaидhean is ro-innleachdan Riaghaltas na h-Alba no riaghaltas ionadail.

# Mar as Urrainnear Barrachd Dhachaighean Sàrmhath a Thabhan aig Prìs Reusanta

## Cothrom air Fearann

Tha e fior chudromach gum bi cothrom ann air fearann a ghabhas cleachdadh airson taigheadas, sna h-àiteachan ceart agus aig a' phrìs cheart mar thaic do leasachaidhean freagarrach ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan is prògraman taigheadais ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach. Tha e cudromach, ge-tà, le bhith a' beachdachadh air sin gun gabhar ealla cuideachd ri cùisean sònraichte eile leithid a bhith a' dìon na h-àrainneachd, mar eisimpleir a' cur dìon air is ag ath-nuadhachadh tìr-mhònach agus àrainnean-nàdair cudromach eile agus a bhith a' toirt taic do dhòighean-beatha traidsanta agus do thaobhan eile de ar dualchas, mar eisimpleir coimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa dèanamh cinnteach gum bi barrachd soilleireachd ann a thaobh cò leis a tha am fearann agus dèanamh cinnteach gum faighear buannachdan dhan phoball bho fhearann agus gum bi barrachd cumhachd aig coimhearsnachdan nuair a thig gu co-dhùnaidhean a thaobh mar a bu chòir feum a dhèanamh de dh'fhearann.

Cuideachd, tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' dèanamh obair chudromach gus cuideachadh le bhith a' cur fearann fo shealbh choimhearsnachdan, leithid na h-obrach a thathar a' dèanamh tron Bhuidhinn Cheannais airson Fearann Coimhearsnachd agus an co-obrachadh a tha iad a' dèanamh le Oighreachd a' Chrùin air an Sgeama Dhearbhaidh airson Adhartas le Fearann Coimhearsnachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba air còig Com-pàirteachasan Roinneil airson mar a Thèid Fearann a Chleachdadhdh a stèidheachadh

mar sgeamaichean dearbhaidh airson co-obrachadh a bhrosnachadh eadar riaghaltas ionadail agus riaghaltas nàiseanta, coimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn, luchd-stiùiridh fearainn agus luchd-ùidhe eile. Tha na sgeamaichean dearbhaidh sin ag obrachadh gus dòighean ionadail, freagarrach a chruthachadh gus Frèamaichean Roinneil airson mar a Thèid Fearann a Chleachdadhdh a dhealbh ro dheireadh 2023. Bidh na frèamaichean seo a' sealltainn mar a gheibh sinn an taic as mothas as urrainn dhuinn bhon fhearann, agus sinn a' beachdachadh air ar stòrasan nàdarra, gus cuideachadh le prìomhachasan roinneil agus amasan is cinn-uidhe nàiseanta agus le bhith a' cur cothromach-carboin an sàs tro eadar-ghluasad cothromach.

## Planaichean Leasachaidh Ionadail

Bidh Planaichean Leasachaidh Ionadail a' cuideachadh le bhith a' coileanadh nan dòighean-obrach ro-innleachdail is nan ceann-uidhe poileasaidh a gheibhear ann am Frèam Planaidh Nàiseanta 4, leithid nan riatanasan a th' ann airson nuair a thathar a' comharrachadh fearann airson taigheadas. Ann am Frèam Planaidh Nàiseanta 4, gheibhear Bun-riatanasan airson Fearann Taigheadais airson Gach Seòrsa Gabhaltais do gach ùghdarris planaidh ann an Alba. 'S e th' ann am Bun-riatanas airson Fearann Taigheadais airson Gach Seòrsa Gabhaltais, a' chuid as lugha de dh'fhearann, agus sin air a mhìneachadh mar àireamh de dh'aonadan taigheadais, a thathar an dùil a chomharrachteas Plana Leasachaidh Ionadail ann an sgìre an ùghdarrais phlanaidh thar 10 bliadhna. Tha aig Planaichean Leasachaidh Ionadail ri Riatanas Ionadail airson Fearann Taigheadais ainmeachadh airson na sgìre agus thathar

an dùil gum bi sin nas àirde na am Bun-riatanas airson Fearann Taigheadais airson Gach Seòrsa Gabhaltais a chithear ann am Frèam Planaidh Nàiseanta 4.

Feumaidh ro-innleachd-àiteachan a bhith sa Phlana Leasachaидh Ionadail a tha a' beachdachadh air taigheadas ann an sgìrean dùthchail. Bu chòir dha dòighean-beatha seasmhach a chur air adhart, agus ealla a ghabhail ris na feumalachdan eadar-dhealaichte a th' aig sgìrean is coimhairsnachdan dùthchail, agus ris na dùblain eadar-dhealaichte a th' ann an lùib a bhith a' stèidheachadh taigheadas sna sgìrean sin. Bu chòir tuigse a bhith ann air na bhios a dhìth a thaobh ghoireasan ri linn leasachaidhean ùra, leithid chothroman gu leòr air seirbheisean coimhairsnachd ionadail agus taic airson còmhaghail sheasmhach, agus bu chòir an tuigse sin a chur gu feum gus dòigh-smaoineachaидh dhùthchail a chur an sàs nuair a thathar a' beachdachadh air beatha ionadail dhaione.

## Gníomh

Obraichidh sinn còmhla ri luchd-ùidhe gus sgrùdadadh a dhèanamh air mar a thèid poileasaidhean planaidh nàiseanta bho Fhrèam Planaidh Nàiseanta 4 a chur an gníomh tro Phrògram Coileanaidh an Fhrèam agus beachdachaidh sinn air Planaichean Leasachaидh Ionadail ùra nuair a tha iad gan ullachadh le sùil air an adhartas a thig bho na planaichean sin, gu h-àraighe a thaobh mar a tha bhios iad a' togail air agus a' co-fhreagairt air poileasaidhean Frèam Planaidh Nàiseanta 4.

## Fearann airson Taigheadas

Sa cho-chonaltradh a rinn sinn, chomharrach luchd-ùidhe cion cothruim air fearann freagarrach mar aon de na prìomh dhùblain a bh' ann nuair a thigeadh e gu bhith a' togail barrachd dhachaighean. Cuideachd, chuala sinn bho bhuidhnean coimhairsnachd is urrasan leasachaidh a bha air fearann is toglachean fhaighinn tro larrtasan airson Sealbh Coimhairsnachd agus bho dhaoine aig an robh fearann a bha airson bruidhinn ri coimhairsnachdan is daoine eile mu bhith a' reic fearann 's dòcha no a bha airson cuideachadh le cothroman a chur air dòigh gus dachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhall gu h-ionadail.

San aithisg aig Coimisean Fearainn na h-Alba, Mar a Chuidicheas Fearann le Taigheadas Ùr ann an Sgìrean Dùthchail na h-Alba, chaith a ràdh gum faod coimhairsnachdan is daoine aig a bheil fearann gu tric a bhith nas fhaisge air a chèile, a thaobh nam beachdan aca air na a dhìth, na thathar uaireannan a' cumail a-mach. Thugadh fa-near cuideachd, ma tha barrachd conaltraidh is co-obrachaideann, gu bheil cothrom tòrr nas fheàrr ann gun tèid fearann a reic no a thoirt seachad.

Faodaidh sgeamaichean mar uallaicheadh taigheadais dùthchail a bhith mar mheadhan cuideachd gus dearbhachd a thoirt do dhaione aig a bheil fearann gun tèid fearann sam bith a bheir iad seachad a chleachdadh airson dachaighean aig prìs reusanta thar ùine fhada.

Tha e glè chudromach gum bi fearann freagarrach ri fhaotainn anns na h-àiteachan ceart ma thathar a' dol a thogail barrachd dhachaighean sna h-àiteachan far a bheil feum orra. Tha maoineachadh nach beag air a bhith ri fhaotainn mar thaic dhan obair gus dachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhall air feadh sgìrean dùthchail na h-Alba agus cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri ar luchd-compàirt aig na h-ùghdarrasan ionadail agus daoine eile gus taic a thoirt dhan obair gus dachaighean a thogail is a thabhall.

Tha fios againn gu bheil farsaingeachd de dh'obair is diofar iomairtean gan cur an sàs mu thràth agus bu mhath leinn togail air sin. Mar phàirt de sin, obraichidh sinn còmhla ri buidhnean poblach gus beachdachadh air an fhearrann is na toglaichean a th' aca a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson taigheadas.

Nuair a bhios fearann no taigheadas aig buidhnean poblach, a tha iad am beachd a reic no a thoirt seachad, tha sinn an dùil gum beachdaich iad air mar a dh'fhaodadh na goireasan sin a bhith feumail a thaobh amasan taigheadais farsaing agus gum bruidhinn iad, sa chiat dol a-mach, ri ùghdarrasan ionadail no luchd-compàirt taigheadais freagarrach eile.

## Gníomh

**Obraichidh sinn còmhla ri buidhnean Riaghaltas na h-Alba agus Buidhnean Poblach Neo-roinneil buntainneach gus fearann no toglaichean, air nach eil feum aca tuilleadh, a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson taigheadas aig prìs reusanta.**

Tha fios againn gun toir e ùine ann an cuid a sgìrean fearann freagarrach a chomharrachadh agus fhaighinn airson taigheadas aig prìs reusanta, agus gu tric tha ionmhas, obair is co-obrachadh nach beag a dhìth am measg farsaingeachd de luchd-compàirt is luchd-ùidhe. Tha fios againn gum feumar planadh a dhèanamh airson mar a thèid gnìomhan freagarrach a chomharrachadh is a choileanadh, gus am bi fearann freagarrach ri fhaotainn, san àite cheart, agus aig an àm cheart los gun gabh an taigheadas a tha dhìth aig prìs reusanta a stèidheachadh.

Tron Bhuidhinn-obrach air Cùisean-sluagh aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, chaidh trì dreuchdan airson Oifigearan Tuineachaidh Coimhairsnachd a chruthachadh a chuidicheas gus tuigse nas feàrr fhaighinn air na dùbhlain ionadail a th' ann a thaobh àireamhan-sluagh, agus gus fuasglaidhean fhaighinn air na dùbhlain sin.

Tha na h-Oifigearan Tuineachaidh Sluaigh air am fastadh aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, chaidh sgrùdadh farsaing a dhèanamh gus pìosan talmhainn a chlàradh a chaidh a chomharrachadh le coimhairsnachdan mar thalamh air an gabhadh taigheadas a thogail math dh'fhaodte. B' urrainn dhan oifigear, agus iad a' tarraing air deagh eòlas ionadail, co-chonaltradh math a dhèanamh ri daoine aig a bheil oighreachdan priobhaideach, buidhnean poblach, agus buidhnean coimhairsnachd san sgìre, agus tha gach duine a-nis a' beachdachadh air mar as urrainn dhaibh cuideachadh le bhith a' toirt phròiseactan taigheadais gu buil a bheir taic dhan obair gus sluagh a ghleidheadh is a thàladh chun na sgìre. Chaidh 19.42 heactair uile-gu-lèir a chomharrachadh mar fhearrann air an gabhadh taigheadas a thogail math dh'fhaodte ann an Sgìrean Chomhairlean Coimhairsnachd, agus dhe sin thathar a-nis a' beachdachadh air diofar làraichean (12.36 heactair) airson a thoirt air adhart chun na h-ath ère sa phròiseas leasachaидh.

## Gníomh

**Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dh'Oifigearan Tuineachaidh Coimhairsnachd ann an 2023-24 agus nì sinn breithneachadh air na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn bho bhith a' stèidheachadh chom-pàirteachasan eadar na roinnean poblach, priobhaideach is coimhairsnachd gus fearann a chomharrachadh airson taigheadas.**

**Nuair a chomharraiceas ùghdarras ionadail bacaidhean sònraichte a thaobh mar a tha fearann freagarrach ri fhaotainn airson dachaighean aig prìs reusanta, obraichidh sinn còmhla riutha agus còmhla ri luchd-seilbh fearainn agus luchd-ùidhe buntainneach gus cothroman eile a chomharrachadh a thaobh fearann a dh'fhaodadh a bhith air a chleachdad airson taigheadas.**

## Ath-leasachadh an Fhearrainn

Bho thàinig fèin-riaghladh, thathar air tòrr adhartais a dhèanamh ann an Alba le ath-leasachadh an fhearrainn. Ann an Aonta Taigh Bhòid agus Co-ionannachd, Cothroman, Coimhairsnachdan: Ceannas ùr – Toiseach tòiseachaidh ùr, tha sinn air cur romhainn Bile eile airson ath-leasachadh an fhearrainn a thoirt a-steach. Tha sinn air cur romhainn reachdas ath-leasachadh an fhearrainn a thoirt a-steach gus am bi barrachd soilleireachd ann a thaobh cò leis a tha am fearann, gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum faighear buannachdan dhan phoball bho phiosan mòra fearainn agus gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhairsnachdan le bhith a' toirt barrachd cothroman dhaibh gus sealbh fhaighinn air fearann agus gus gnothach a ghabhail ri co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid feum a dhèanamh de dh'fhearrann san sgìre aca.

Bidh an reachdas seo a' cuideachadh le agus a' brosnachadh co-chonaltradh ri coimhairsnachdan, soilleireachd agus stiùireadh cùramach airson fearann, a bhios a chum maith nan coimhairsnachdan ionadail agus iad a' faighinn cumhachd gus co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-seilbh fearainn ionadail, agus bidh barrachd tuigse aig daoine air cùisean ri linn sin agus bithear a' brosnachadh dhòighean-stiùridh cunntachail airson fearann. Bidh cumhachan ùra san reachdas gus a' mhargaidh a riaghladh airson pìosan mòra fearainn, leithid Measadh a thaobh Math a' Phobaill, agus riatanasan far am feum buidhnean coimhairsnachd fios fhaighinn mu fhearrann a tha gu bhith a' dol air a' mhargaidh no air a thoirt seachad.

Tha e na amas le Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 gum bi cunntachalachd is farsaingeachd de luchd-seilbh ann nuair a thig e gu sealbh air fearann; agus tha i a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri cothromachd, co-ionannachd agus ceartas sòisealta a tha a' buntainn ri sealbh is cothroman air fearann agus mar a thèid fearann a chur

gu feum, agus i a' cur dleastanas reachdail air Ministearan gus Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba ullachadh. Chaidh an aithris fhoillseachadh airson a' chiad uair ann an 2017 agus chaidh a h-ùrachadh ann an 2022, agus tha Lèirsinn agus seachd Prionnsapalan innte a tha a' cur an cèill mar a ghabhas fearann a chleachdadadh gu cùramach gus cuideachadh le bhith a' togail ceangal làidir, brioghmhor eadar muinntir is tìr na h-Alba. Tha e a' sealltann mar a tha sinn a' faicinn cothromachadh eadar còraichean luchd-seilbh, luchd-stiùridh, choimhairsnachdan ionadail agus a' mhòr-shluagh. Chaidh prionnsapal a chur ris an Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba 2022 a tha ag ràdh "Gum bu chòir farsaingeachd de buhannachdan sòisealta, eacnamaich, cultarach agus a thaobh na h-àrainneachd tighinn bho mar a bhios sealbh aig daoine air, mar a stiùireas iad agus mar a chleachdas iad fearann."

Tha Ministearan na h-Alba cuideachd air stiùireadh fhoillseachadh air mar a nithear co-chonaltradh ri coimhairsnachdan a thaobh cho-dhùnaidhean a nithear mu fhearrann, riatanas fo Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016, feuch am bi barrachd co-obrachaidd is co-chonaltraidh eadar an fheadhainn a nì co-dhùnaidhean mu fhearrann agus na coimhairsnachdan ionadail air an toir na co-dhùnaidhean sin buaidh.

Cuideachd mar thoradh air Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016, tha barrachd soilleireachd ann a thaobh cò leis tha agus cò aige a tha smachd air fearann, agus i a' stèidheachadh chumhachdan gus Clàr de Dhaoine aig a bheil Smachd air Fearann a chur air chois, rud a nì cinnteach gum bi barrachd fios agus tuigse aig coimhairsnachdan, luchd-gabhall, agus luchd-seilbh fearainn air cò aige a tha smachd air an fhearrann – a' gabhall a-steach dhaoine bho thaobh a-muigh na RA.

Chaidh a' chòir a th' aig coimhairsnachdan gus fearann a cheannach a stèidheachadh an toiseach fo Achd Ath-leasachadh an

**Fhearainn (Alba) 2003**, sin an reachdas trom faigh coimhairsnachdan còir gus fearann a cheannach. Chaith leudachadh air sin ann an 2016 airson choimhairsnachdan ionadail, a tha stèidhichte ann an àite, agus far am faod i taic a chur ri leasachaidhean seasmhach. Tha a' chòir aig coimhairsnachdan mu thràth, fo Achd airson Cumhachd do Choimhairsnachdan 2015, ùidh a chlàradh ann am fearann de sheòrsa sam bith – ann am baile no air an dùthicha. Ma thathar a' reic an fhearainn, bidh a' chìad chothrom acasan gus am fearann a cheannach.

## Gníomh

**Bheir sinn reachdas airson Ath-leasachadh an Fhearainn a-steach gus am bi barrachd soilleireachd ann a thaobh cò leis a tha am fearann, gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum faighear buannachdan dhan phoball bho phìosan mòra fearainn agus gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhairsnachdan le bhith a' toirt barrachd chothroman dhaibh gus sealbh fhaighinn air fearann agus gus gnothach a ghabhail ri co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid feum a dhèanamh de dh'fhearrann san sgìre aca.**

## Iarrtasan airson Sealbh Coimhairsnachd

**Stèidhich Achd airson Cumhachd do Choimhairsnachdan (Alba) 2015** còir far am faod buidhnean coimhairsnachd iarrtas a chur gu ùghdarrasan ionadail, Ministearan na h-Alba agus diofar bhuidhnean poblach airson sealbh fhaighinn air fearann no togalaichean a b' urrainn dhaibh, nam beachd-san, a chur gu feum nas fheàrr. Tha sin a' toirt chòraichean ùra do bhuidhnean coimhairsnachd far am feumar cumail ri clàr-ama nuair a thathar a' beachdachadh air an iarrtas aca airson fearann no togalaichean, agus tha e a' stèidheachadh dòigh gus tagradh a thogail nuair a thèid an t-iarrtas aca a dhiùltadh. Tha e cuideachd

a' cur dhleastanasan ùra air buidhnean poblach far am feum iad beachdachadh air iarrtasan airson fearann no togalaichean sam bith san oighreachd aca, chan ann dìreach airson fearann no togalaichean air nach eil feum aca tuilleadh.

Gheibhear maoineachadh airson iarrtasan airson sealbh bho dhiofar thobraighean maoineachaidh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoineachadh dhan t-Seirbheis Thaice airson Sealbh Coimhairsnachd gus obrachadh le buidhnean coimhairsnachd agus leis na h-ùghdarrasan buntainneach air feadh a' phròiseis gus sealbh a thoirt do choimhairsnachdan air fearann no goireasan. Tha an taic dhan t-Seirbheis Thaice airson Sealbh Coimhairsnachd a' cuideachadh gus cur ri comasan nan coimhairsnachdan, agus bidh an t-Seirbheis a' toirt stiùireadh do bhuidhnean ionadail agus gan cuideachadh fhad 's a tha iad a' gabhail sealbh air fearann no goireasan agus bidh an t-Seirbheis ag obair còmhla ris na h-ùghdarrasan buntainneach gus leudachadh air eòlas dhaoine agus gus am poileasaidh a dhaingneachadh nan obair. Tha neach-comhairleachaidh sònraichte aig an t-Seirbheis Thaice airson Sealbh Coimhairsnachd airson nan eilean mu thuath agus an iar, agus tha na seirbheisean aca an-asgaidh. Faodaidh daoine cur a-steach airson taic bho Mhaoin Fearainn na h-Alba gus cuideachadh le iarrtasan airson sealbh coimhairsnachd.

Faodaidh aontaidhean airson sealbh coimhairsnachd cuideachadh le bhith a' stèidheachadh taigheadas ùr aig prìs reusanta ann an sgìrean dùthchail is eileanach far a bheil coimhairsnachdan ag iarraidh adhartas a dhèanamh agus nuair as urrainn dhaibh dearbhadh gum bi buannachdan coimhairsnachd ann agus mar sin gun cuidich e gu mòr ann a bhith a' cruthachadh chothroman ùra do dhaoine ionadail gus cumail orra a bhith a' fuireach sna coimhairsnachdan aca agus sin a' cur ris an eaonamaidh ionadail agus math dhaoine. Tha sinn a' tuigsinn gum faod e a bhith doirbh uaireannan do choimhairsnachdan a bhith a' dol an sàs sa

phròiseas, agus tha sinn ag obair còmhla ri coimhearsnachdan agus buidhnean compàirt gus tuigse fhaighinn air na dùblain seo agus gus taic nas fheàrr a thoirt do ar coimhearsnachdan gus na h-amasan aca a choileanadh.

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi buidhnean a' cumail ris na riaghailtean airson iarrtasan airson sealbh coimhearsnachd agus gum faigh buidhnean coimhearsnachd cothrom ceart agus follaiseach gus na planaichean aca a shealltainn. Tron obair againn leis a' Bhuidhinn-obrach Nàiseanta airson larrtasan airson Sealbh agus tron ath-sgrùdadh a tha ga dhèanamh air Achd airson Cumhachd do Choimhearsnachdan (Alba) 2015, gheibh a h-uile duine barrachd chothroman gus pàirt a ghabhail ann an cùisean.

## Gníomh

Cuiridh sinn ris na comasan a th' aig coimhearsnachdan agus ris an eòlas a th' aca air a' phròiseas airson larrtasan airson Sealbh agus sinn ag obair còmhla ri coimhearsnachdan, ùghdarrasan buntainneach, agus ar luchd-compàirt leithid na Buidhne-gníomh Nàiseanta airson larrtasan airson Sealbh. Nì sinn sin le bhith a' brosnachadh dhaoine gus innse do chàch a chèile mu na deagh dhòighean-obrach aca (leithid gum bi daoine ainmichte aig ùghdarrasan buntainneach ris am faod coimhearsnachdan conaltradh a dhèanamh), agus le bhith a' moladh mhodhan-obrach soilleir a tha a' gabhail làn-ealla ris na tha na coimhearsnachdan a' miannachadh.

## Còmhdhail

Anns an Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta, a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2020, chithear ar lèirsinn airson 'siostam còmhdhail seasmhach, inghabhalach, sàbhailte agus so-ruigsinneach a chuidicheas sinn le bhith a' stèidheachadh

Alba mar dhùthaich a tha nas fallaine, nas cothromaiche agus nas beartaiche do choimhearsnachdan, gnothachasan agus luchd-tadhail'. Bheir An Dàrna Breithneachadh air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail stiùir do phrògram ionmhais Riaghaltas na h-Alba airson còmhdhail thairis air an ath 20 bliadhna.

'S e aon rud a bheir buaidh gu sònraichte air coimhearsnachdan nan eilean agus nan leth-eilean, Plana Cheanglaichean nan Eilean bhios a' dol an àite Plana nan Aiseagan agus a bhios a' gabhail sealladh nas fharsainge air cùisean, agus e a' beachdachadh air plèanaichean, aiseagan, agus ceanglaichean togte a thuilleadh air seirbheisean còmhdhail taobh a-muigh nan eilean a nì ceangal ri seirbheisean còmhdhail nan eilean. Fhad 's a thathar a' dealbh Plana Cheanglaichean nan Eilean thathar a' gabhail ealla ris an Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta agus Plana Nàiseanta nan Eilean. Thathar an dùil Plana Cheanglaichean nan Eilean a dhealbh airson na h-eileanan uile, plana anns am bi fios air na tha san amharc againn airson aiseagan na h-Alba agus mìneachadh air deagh mhodhan-obrach agus inbhean airson seirbheisean aiseig.

Faodaidh an iomairt airson a bhith a' fuireach gu h-ionadail, a tha mar bhunait dhan Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta agus taghadh de phoileasaidhean is iomairtean eile – leithid Frèam Planaidh Nàiseanta 4, riaghailtean is stiùireadh airson Phlanaichean Leasachaидh Ionadail, agus Taigheadas gu ruige 2040 – uile cuideachadh gus cothromachadh-carboin a chur an sàs le bhith a' stèidheachadh chothroman nas fheàrr air bun-structair, seirbheisean, agus obraighean, agus sin a' lùghdachadh an uiread 's a sinn a' cleachdadh charbadan priobhaideach agus le bhith a' neartachadh ar n-àiteachan mu choinneamh nan dòighean san toir atharrachadh na gnàth-shìde orra. Faodar an dòigh-smaoineachaidh air cùl a bhith a' fuireach gu h-ionadail a chur an sàs sna sgìrean iomallach, dùthchail no eileanach gus cuideachadh le bhith a' neartachadh

nan sgìrean sin mu choinneamh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde, le cothroman nas fheàrr air taigheadas, le atharraichean ann an dòighean-siubhail, le sràidean àrda a tha nas eadar-mheasgaichte agus le bhith a' cur ri beairteas choimhearsnachdan.

## Ceanglaichean Didseatach

Am measg nan rudan a tha san amharc dhuinn le Traigheadas gu ruige 2040 tha gum bi ceanglaichean didseatach aig coimhearsnachdan, gus an urrainn do dhaoine a bhith ag obair bhon taigh no a bhith ag obair san sgìre ionadail nuair a dh'fheumas no a thogras iad. Thathar an dùil gum bi gach taigh ùr a thèid a thogail le ùghdarrasan ionadail agus uachdarain shòisealta chlàraichte, fo Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta, uidheamaichte leis na ceanglaichean is goireasan didseatach a tha dhùth gus feum a dhèanamh dhen teicneòlas as fheàrr a gheibhear. Ann an àiteachan far nach fhaighear an teicneòlas airson aon ghigabit, bu chòir am bun-structair a chur ann feuch am bi na taighean deiseil airson an astair sin nuair a thig an teicneòlas.

Tha ceanglaichean didseatach a' cuideachadh gu mòr le bhith a' toirt fàs air an eaonamaidh, an dà chuid a thaobh na taice a bheir iad do ghnothachasan agus a thaobh mar a tha iad feumail do dhaoine a tha airson a bhith a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach fhad 's a tha iad ag obair air astar. Tha am prògram A' Ruighinn air 100% (R100) a' cur taic ris a' ghealladh aig Riaghaltas na h-Alba gus leudachadh a thoirt air na cothroman air bann-leathann fior luath gus am bi cothrom aig gach togalach ann an Alba air. Tha an riaghaltas agus an roinn choimeirsealta ag obair gus ceanglaichean didseatach a thogail air feadh Alba a bhios freagarrach airson an ama ri teachd. Ron Mhàrt 2028, tha sinn an dùil gum bi sinn air còrr is 114,000 togalach a cheangal ri bann-leathann fior luath tro chùmhnantan R100 agus bidh mu 70% dhiubh sin ann an sgìrean dùthchail, agus bidh 12,000 dhiubh

ann an coimhearsnachdan eileanach. Air 30 Ògmhios 2023, mar thoradh air obair tro R100 bha cothrom aig 30,000 togalach a bharrachd air bann-leathann fior luath.

Bidh a' mhòr, mhòr-chuid de na ceanglaichean a thèid a chur air dòigh tro chùmhnantan R100 dhen t-seòrsa le ceangal snàithlich chun an togalaich, agus iad sin comasach air ceangal gigabit a lìbhrigeadh le suas ri 1,000 megabit san diog. 'S iad na cùmhantantan R100 a tha aig teis-meadhan na h-iomairt gus ceanglaichean gigabit a thabhann airson toglaichean ann an sgìrean dùthchail is eileanach na h-Alba. Le bhith a' tabhann cheanglaichean gigabit, tha sinn a' toirt cothrom do sgìrean dùthchail na h-Alba a bhith ceum air thoiseach a thaobh teicneòla, agus sinn a' tabhann cheanglaichean a tha 30 uiread nas luaithe na gheall sinn sa chìad dol-a-mach (30 Megabit san diog).

Ann an 2022, chaidh 16 càbaill a chur fon uisge agus iad a' dol gu 15 eileanan ann an Alba mar phàirt dhen Phrògram airson R100 a tha a' ciallachadh gum bi ceanglaichean aig na coimhearsnachdan sin a bhios làidir agus freagarrach airson bhliadhnaichean mòra ri thighinn. Nuair a bhios an obair-togail dèanta, bidh cothrom aig 12,000 togalach sna h-eileanan air ceangal snàithlich chun an togalaich a tha comasach air ceangal gigabit a thoirt seachad.

Bidh sgrùdadadh poblach a' dearbhadh cò na toglaichean a dh'fhaodas cothrom fhaighinn air ceanglaichean a thèid a thabhann tro chùmhnantan solarachaidh san àm ri thighinn mar phàirt dhen phrògram Pròiseact Gigabit Riaghaltas na RA, agus iad a' cleachdadadh fiosrachadh a gheibhear bho luchd-solair air na goireasan gigabit a th' aca agus a tha iad an dùil a thogail. Fad na h-ùine a chumas sinn oirnn ag obair gu dlùth còmhla ri Riaghaltas na RA, bidh sinn gan coiteachadh gus am maoineachadh a tha a dhùth a thoirt seachad gus ceanglaichean a tha freagarrach airson an ama ri teachd a thogail air feadh Alba, feuch nach bi neach sam bith air am fàgail air an iomall.

## Gníomhan

Nì sinn sgrùdadh air na th' aig luchd-solair de ghoireasan gigabit agus air na tha iad an dùil a thogail dhiubh, agus mar phàirt de sin iarraidh sinn beachdan bho luchd-ùidhe san fharsaingeachd.

Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth còmhla ri A' Cur ri Goireasan Didseatach na RA fhad 's a thathar a' dèanamh adhartas mu choinneimh a bhith a' tairgsinn nan ciad chùmhnantan solarachaидh airson Pròiseact Gigabit ann an Alba, tha dùil againn gun tachair sin ro dheireadh 2023.

Ann an 2023, nì sinn co-chomhairleachadh air atharraichean air inbhean-togail a bhiodh a' fàgail dleastanas air luchd-leasachaидh gus ceanglaichean didseatach sàr mhath a chur air dòigh anns gach leasachadh taigheadais ùr.

## Prògraman Taigheadais Riaghaltas na h-Alba

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic seachad gus dachaighean a thogail is a thabhall ann an sgìrean dùthchail is eileanach tro dhiofar phrògraman is maoinean nàiseanta. Bidh ùghdarrasan ionadail a' faighinn Bheachdan Ionmhasail airson Planadh Ghoireasan airson grunn bhliadhnaichean tro Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta gus an urrainn dhaibh planadh airson taigheadas aig prìs reusanta airson na h-ùine air thoiseach. Chithear na prìomhachasan airson ionmhas airson taigheadas thairis air còig bliadhna sna Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas aig ùghdarrasan ionadail agus thathar an dùil gum bi iad a' planadh airson barrachd taigheadais

na tha dhìth air eagal 's gum bi dàil ann le cuid a phrògraman. Tha sinn an dùil cuideachd gun lean ùghdarrasan ionadail orra a' beachdachadh air pròiseactan a chur air adhart a tha a' frithealadh air prìomh fheumalachdan taigheadais air feadh gach sgìre a' gabhail a-steach choimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.

## Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta

Eadar 2016-17 agus 2022-23, tha Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta, a' gabhail a-steach na Maoine airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach, air taic a thoirt dhan obair gus còrr is 10,000 dachaigh aig prìs reusanta a thogail no a thabhall ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach.

Tha grunn dhòighean ann am Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta gus maoineachadh fhaotainn airson dachaighean a thogail no a thabhall air feadh Alba a gheibh daoine air mhàl sòisealta, air mhàl aig prìs mheadhanach na margaidh, no air am faigh daoine sealbh aig prìs nas lugh, agus sin uile a' cur taic ri prìomhachasan nan Ro-innleachdan Taigheadais ionadail agus nam Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas aig ùghdarrasan ionadail. Sa phrògram, tha slatan-tomhais airson ionmhas airson taigheadas aig prìs reusanta a tha a' gabhail ealla ris mar tha e a' cosg barrachd dachaighean a thogail ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Tha siostam nan slatan-tomhais na ghoireas rianachd shùbailte a thèid a chleachdad agus measadh a dhèanamh air tabhartasan – chan e dòigh a th' ann casg a chur air an ìre de mhaoineachadh a tha dhìth.

## **Barraid Brathwic – Arainn, Siorrachd Àir a Tuath<sup>1</sup>**



Chaidh crìoch a chur air na taighean air Barraid Brathwic ann an Tràigh a' Chaisteil ann an Arainn san Ògmhios 2022. B' e seo a' chiad taigheadas comhairle a chaidh a thogail san eilean o chionn còrr is 20 bliadhna. Tha am pròiseact a' ciallachadh gu bheil 34 dachaighean ùra aig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath airson mìl sòisealta, agus nam measg tha taighean coitcheann, taighean aon-làir le goireasan agus dachaighean airson daoine le sèithear-cuibile. Thug Riaghaltas na h-Alba maoineachadh luach £2.38 millean seachad bho Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta. Chaidh na taighean a thoirt seachad air mhàl tro Chlàr Taigheadais Siorrachd Àir a Tuath agus bha lomairt Mhàil ionadail ann airson prìomh luchd-obrach san eilean.

A thuilleadh air a' phrìomh mhaoineachadh a gheibhear bho Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta do dh'ùghdarrasan ionadail agus uachdarain shòisealta chlàraichte, tha grunn phrògraman maoineachaidh fa leth eile ann fo Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta.

## **A' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach**

Gus frithealadh air feumalachdan eadar-dhealaichte a gheibhear ann an siostam an taigheadais ann an sgìrean dùthchail is eileanach na h-Alba, tha a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach air a bhith ann bho 2016-17, agus tha e a' frithealadh air iarrtas agus airson daoine is bhuidhnean nach fhaigh taic bhon phrìomh mhaoin aig prògram an taigheadais aig prìs reusanta, leithid choimhairsnachdan, daoine aig a bheil fearann agus buidhnean iomchaidh eile. Tron mhaoin seo, 's urrainn do bhuidhnean ionadail a dhol an sàs gu ìre nas motha san obair gus frithealadh air feumalachdan taigheadais nan coimhairsnachdan aca ma tha iad airson, agus tha am maoineachadh seo a thuilleadh air a' mhaoineachadh a gheibh uachdarain shòisealta chlàraichte is ùghdarrasan ionadail airson taigheadas aig prìs reusanta. Thathar ag aithneachadh a-nis mar a tha a' mhaoin seo, a tha a' frithealadh air iarrtas, na meadhan gus dachaighean a thogail no a thabhall ann an cuid de na coimhairsnachdan as iomallaiche. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tairgse suas ri £30 millean tron mhaoin seo, a tha a' frithealadh air iarrtas, airson teirm na Pàrlamaid seo. Tha iarrtas mòr air a son fhathast, agus suas chun an Lùnastail 2023, bhathar air còrr is £18 millean a thoirt seachad airson phròiseactan, agus thugadh taic do thòrr phròiseactan a tha air fàire tro mhaoineachaidh-dearbhaidh, leis an amas gum faigh iad maoineachadh bhon phrìomh mhaoin aig a' cheann thall.

1 Dealbh: Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

## Na h-Eileanan Beaga – Arcaibh<sup>2</sup>



Bho thòisich a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach aig Riaghaltas na h-Alba ann an 2016-17, tha grunn phròiseactan le Urrasan Leasachaidh ann an eileanan beaga Arcaibh air cur a-staigh air a son.

Tha a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach air cha mhòr £1 mhillean a thoirt seachad airson dachaighean no togalaichean eile a nuadhachadh, gus an urrainn do dhaoine fiireach annta, ann an Ronaldsay a Tuath, Papa Westray, Shapinsay, Westray, Sanday agus Stronsay. Sa Chèitean 2023, bhathar air crìoch a chur air còig dachaighean, le daoine a' fiireach annta, agus bhathar ag obair air còig eile. 'S e goireasan cudromach a th' anns na dachaighean seo do na coimhearsnachdan beaga seo a tha air stèidh chugallach, agus na dachaighean a' cuideachadh le bhith a' gleidheadh, no a' cur ri, sluagh nan eilean. Tha grunn de na h-Urrasan Leasachaidh a-nis air tòiseachadh air barrachd taigheadais aig prìs reusanta a chur air dòigh, agus thig barrachd phròiseactan gu bith ann an 2023 agus às dèidh sin.

## A' Faighinn Sealbh air Dachaigh aig Prìs Reusanta

Tha sinn a' toirt taic do dhaoine a tha a' ceannach airson a' chiad uair agus buidhnean air a bheil priomhachas – nach b' urrainn mar as àbhaist dachaigh a cheannach sa mhargaидh fhosgailte – gus sealbh fhaighinn air dachaigh aig prìs reusanta tro ar sgeamaichean fo bhrataich na h-lomairt Beag-chosgais airson Daoine a tha Ceannach airson a' Chiad Uair, sin na sgeamaichean seo: Sgeama Co-sheilbh airson na Margaidh Fosgailte agus Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr.

Eadar 2014 is 2022, chaidh 1,486 dachaighean a cheannach tron Sgeama Cho-sheilbh airson na Margaidh Fosgailte ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach. Bha 243 dhiubh sin ann an sgìrean dùthchail iomallach, bha 353 dhiubh ann am bailtean beaga iomallach agus bha 890 dhiubh ann an sgìrean dùthchail ruigsinneach. Eadar 2017 is 2022, chaidh aontachadh ri 250 dachaighean ùra tro sgeamaichean eile fo bhrataich na h-lomairt Beag-chosgais airson Daoine a tha Ceannach airson a' Chiad Uair. Chaigh 83 dhiubh a chriochnachadh san ùine sin – 14 ann am bailtean beaga iomallach, 23 ann an sgìrean dùthchail ruigsinneach agus 46 ann an sgìrean dùthchail iomallach.

## Taic Chom-pàirteach airson Ath-nuadhachadh

Bidh sinn cuideachd a' toirt thabhartasan seachad, tron sgeama Taic Chom-pàirteach airson Ath-nuadhachadh, do luchd-leasachaidh priobhaideach gus dachaighean a thogail airson an reic ann an sgìrean far a bheil iarrtas ann airson taigheadas ach far nach eilear a' togail mòran taigheadais phrìobhaidich idir. Feumaidh pròiseactan cumail ri cinn-uidhe ro-innleachdail ionadail na sgìre airson mar a thèid ionmhas a chosg.

2 Dealbh: Urras Leasachaidh Shapinsay

## Maoin lasadan airson Dachaigh a Thogail

Tha a' Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail a' toirt taic glè chudromach do na coimhearsnachdan dùthchail is eileanach agus i a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum mair iad air stèidh sheasmhach thar na h-ùine fada, agus tha an sgeama air soirbheachadh gu h-àraidih air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Tha a' mhaoin seo airson daoine, bho air feadh Alba, a tha airson dachaigh a thogail iad fhèin ach nach urrainn iasad banca àbhaisteach fhaighinn, agus tha a' mhaoin a' tabhann iasad suas gu £175,000 gus cuideachadh le cosgaisean. Chaidh sìneadh suas ri 5 bliadhna a thoirt air a' Mhaoin san t-Samhain 2022, le £6 millean de mhaoineachadh a ghabhas ath-chuaireachadh. Bho 2016, thathar air 61 iasad an a thabhall, a' gabhail a-steach trithead ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus deich ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar.

## A' Mhaoin airson Bun-structair Taigheadais

Tha a' Mhaoin airson Bun-structair Taigheadais a' cuideachadh le prìomh phròiseactan taigheadais ro-innleachdail nach b' urrainnear a thoirt air adhart air sàillibh gun robh uiread bun-structair a dhìth agus air sàillibh cosgais a' bhun-structair. Tha a' mhaoin a' cur prìomhachas air pròiseactan a tha a' togail taigheadas a bhios ri fhaotainn aig prìs reusanta. Chaidh an dàrna cuairt dhen Mhaoin airson Bun-structair Taigheadais a thòiseachadh ann an 2021 agus bidh i fosgailte gu 31 Màrt 2026, agus i a' togail air mar a shoirbhich leis a' Chiad Chuairt nuair a chaidh iasad an is tabhartasan luach £50 millean a thoirt seachad air feadh sgìrean bailteil is dùthchail gus pàigheadh airson bun-structair a leigeas le daoine barrachd dhachaighean a thogail.

## A' Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail – Muile<sup>3</sup>



Chuir Garaidh is Siùsan à Muile romhpa taigh a thogail le taic bhon Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail.

Le cothrom air iasad an luach suas ri £175,000, thug a' Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail misneachd is tèarainteachd do Gharaidh is Siùsan gus am pròiseact aca a ghabhail os làimh. Tha an dithis aca air chluaineas, agus b' urrainn dhaibh ionmhas a fhuair iad bho bhith a' reic an t-seann taigh aca a chleachdad gus an taigh ùr a thogail. Thug a' Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail iasad eadar-amax dhaibh leis am b' urrainn dhaibh am pròiseact a thoirt air adhart gu luath, rud a bha gu math feumail ann am Muile ri linn mar a tha t-sìde a' ciallachadh nach eil seusan togail uabhasach fada ann.

Leis an iasad eadar-amax, b' urrainn dhaibh luchd-togail is cunnradairean ionadail fhastadh, agus fios aca gum b' urrainn dhaibh am pàigheadh. Fhuair a' chàraid stiùireadh is comhairle glè phriseil bho Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan.

3 Dealbh: Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan

# A' Dèanamh an Fheum as Fheàrr dhen Taigheadas a th' ann Mu Thràth agus a' Cuideachadh Daoine gus Sealbh Fhaighinn air Dachaigh

A bharrachd air a bhith a' togail is a' tabhann dhachaighean ùra ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach, tha e cudromach cuideachd gum bi ùghdarrasan ionadail comasach air am feum as fheàrr a dhèanamh dhen taigheadas a th' ann mu thràth.

Thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh, tha mar a tha barrachd làraich-lìn ann airson àiteachan-fuirich air cur ris an àireimh de dhachaighean, gu h-àraigheann ann an àiteachan turasachd, a thathar a-nis a' cleachdad mar thaighean air mhàl geàrr-ùine no dhàrna dachaighean an àite mar dhachaighean ceart. Ma nithear am feum as fheàrr dhen taigheadas a th' againn mu thràth, foadaidh sin cuideachadh gu mòr le bhith a' tabhann barrachd dhachaighean maireannach. Dh'fhaodadh seo tachairt le bhith a' cur casg air an àireimh de dhàrna dachaighean a dh'fhaodas a bhith ann, le bhith a' toirt seachad taighean a bhathar a' cleachdad airson turasachd mar thaighean air mhàl le aonta-gabhaltais priobhaideach, le bhith a' tilleadh thoglaichean gu roinn an taigheadais aig prìs reusanta agus le bhith a' dèanamh feum as ùr de dhachaighean a bha faladh. 'S e cothromachadh a tha dhìth agus feumar dèanamh cinnteach gur ann a chum maith nan coimhearsnachdan a bhios an cothromachadh sin.

Mar phàirt dhen obair mu choinneimh mholaidhean na Buidhne Gnìomh le Crìch airson Àiteachan-fuirich Sealach, tha sinn air cur romhainn co-dhiù £60 millean a chosg air Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta ann an 2023-2024 mar thaic do phrògram nàiseanta gus taigheadas a cheannach. Leis a' phrògram seo, 's urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail agus uachdarain

shòisealta chlàraichte – a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag obair ann an sgìrean iomallach, dùthchail is eileanach – toglaichean freagarrach a cheannach sna h-àiteachan ceart a ghabhas cleachdad mar dhachaighean maireannach, sàr mhath agus iad rim faotainn aig prìs reusanta.

## Dàrna Dachaighean

Tha geallasd ann an Taigheadas gu Ruige 2040 gum faigh ùghdarrasan ionadail na cumhachdan a tha dhìth orra agus gum bi iad uidheamaichte airson taic a thoirt do sgìrean ionadail gus am feum as fheàrr as urrainnear a dhèanamh dhen taigheadas a th' aca mu thràth. Mar phàirt de sin, bithear a' cumail rian air an àireimh de dhachaighean a tha faladh thar ùine fhada, de dh-àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine agus de dhàrna dachaighean.

Tha fios againn gum faod an seòrsa sgìre a th' ann, agus far a bheil an sgìre, buaidh mhòr a thoirt air cùisean, agus gheibhearr àireamhan àrda de dhàrna dachaighean no dachaighean faladh ann an sgìrean sònraichte air feadh Alba, leithid sgìrean iomallach, dùthchail is eileanach.

San t-Sultain 2022, bha 24,287 àrna dachaighean ann (air am meas mar sin airson na cìse comhairle), sin mu 1% de na h-àiteachan-còmhnaidh air fad ann an Alba.<sup>4</sup>

4 Staitistearachd taigheadais: Toglaichean faladh is àrna dachaighean - gov.scot ([www.gov.scot](http://www.gov.scot))

Ma tha iarrtas ann airson dàrna dachaighean, gu h-àraidh ma tha iarrtas mòr ann ann an cuid a sgìrean sònraichte, faodaidh sin a bhith a' ciallachadh nach eil uiread de dhachaighean maireannach rim faotainn agus a' phrìs airson taighean a chur suas. Tha e nas duilghe an uair sin do dhaoine, gu h-àraidh daoine òga no daoine aig nach eil uiread de dh'airgead, dachaigh fhaighinn.


Tha sinn a' tuigsinn gum faigh na daoine leis a bheil an taigheadas, gnothachasan turasachd agus an eaconamaidh ionadail buannachdan bho dhàrna dachaighean is àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine. Ged a tha sinn ag aithneachadh gun tig buannachdan eaconamach bho

thurasachd, faodaidh dàrna dachaighean nach eil air an cleachdadòr mòran, fiù's ged a thèid an tabhann airson pàirt dhen ùine air mhàl geàrr-ùine, nas lugha buaidhe a thoirt air an eaconamaidh agus gun a bhith cho feumail a thaobh taic san fharsaingeachd do sheirbheisean poblach ionadail.

Tha dàta bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba: Staitistearachd airson Sgìrean Beaga mu

Dhachaighean is Àiteachan-fuirich san t-Sultain 2022, a chaithdha fhoillseachadh san Ògmhios 2023, a' sealltainn gu bheil na h-àireamhan as àirde às a' cheud de dhachaighean falalmh is dàrna dachaighean ann an Alba ann an sgìrean dùthchail, iomallach na dùthcha.

## An àireamh às a' cheud de dhachaighean falalmh is dàrna dachaighean a rèir mhìneachaidhean Bailteil/Dùthchail, Sultain 2022



Nuair a tha coimhearsnachdan an urra ri eaonamaidh ràitheil na turasachd, tha cothromachadh a dhìth eadar feumalachdan taigheadais muinntir na àite, taigheadas airson luchd-obrach turasachd fad seusan na turasachd agus àiteachan-fuirich airson luchd-turais.

## Gníomh

Cuiridh sinn dàrnach reachdas an sàs tron urrainn do chomhairlean sùim suas ri 100% a bharrachd a chur air ìrean cìse comhairle airson dàrna dachaighean bhon Giblean 2024.

## Àiteachan-fuirich air Mhàl Geàrr-ùine

Tha fios againn ann an cuid a choimhearsnachdan gu bheil mar a tha barrachd àiteachan-fuirich gan toirt seachad air mhàl geàrr-ùine a' ciallachadh gu bheil nas lughà àiteachan-fuirich ann do dhaoine a tha a' sìreadh dachaigh mhaireannach. Ged a tha sinn a' tuigsinn gum faod coimhearsnachdan buannachdan fhaighinn bho àiteachan-fuirich a gheibhear air mhàl geàrr-ùine, leithid nan obraighean a thèid a chruthachadh agus an luchd-turais a thig dhan sgìre, tha sinn cuideachd a' faicinn gum faod àireamh àrd de dh'àiteachan-fuirich a tha gan tabhann air mhàl geàrr-ùine duilgheadasan adhbharachadh ann an cuid a sgìrean, agus sin as coireach gu bheil sinn air reachdas a thoirt a-steach gus aontaidhean-màil geàrr-ùine a riaghlaigh.

Le ceadan airson àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine, tha riaghailtean ann a-nis dhaibh mar a tha do dh'àiteachan-fuirich eile leithid thaighean-òsta, làraich charabhanachean

agus taighean le grunn luchd-còmhnaidh, agus na riaghailtean sin a' dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine a' cumail ri ìrean freagarrach agus gu bheil iad a' cur mhodhan-sàbhailteachd freagarrach an sàs. Tha sinn dhen bheachd gu bheil siostam nan ceadan freagarrach airson Alba air fad, a' gabhail a-steach choimhearsnachdan eileanach is dùthchail, agus gu bheil sùbailteachd nach beag ann a thaobh mar a dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail a chur an sàs.

Tha cumhachdan ann do dh'ùghdarrasan ionadail gus raointean-rian a stèidheachadh gus rian a chumail air àireamhan àrda de dh'àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine. Ann an raon-rian, tha e mar chumha riatanach gum faigh daoine, a tha a' cur a-staigh airson cead airson àite-fuirich, cead-planaidh, agus nuair a thèid beachdachadh air gach iarrtas-planaidh gabhar ealla ris a' phlana leasachaидh agus ri cùisean buntainneach eile.

## Gníomh

Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus sgrùdadadh a dhèanamh air raointean-rian a thèid a stèidheachadh airson àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine airson tuigse fhaighinn is eòlas a cho-phàirteachadh air mar a tha iad air comhairlean ann an diofar àiteachan (sgìrean bailteil is dùthchail) a chuideachadh gus rian nas fhèarr a chumail air àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine. Thèid sgrùdadadh is aithris nas fharsainge a dhèanamh ann an 2025 air mar a tha riaghailtean airson diofar sheòrsaichean àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine gan cur an sàs, a thaobh planaidh agus cheadan.

## Dachaighean Falamh

Tha fios againn ma thèid oidhirpean a dhèanamh a thaobh dhachaighean falamh agus ma nithear feum dhiubh a-rithist mar thaigheadas blàth, sàbhailte is tèarainte, gum faod sin feum glè mhòr a dhèanamh a thaobh taigheadas air feadh choimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach. Tha sinn cuideachd a' tuigsinn gum faod grunn adhbharan, agus adhbharan iomadh-fhillte, a bhith ann airson dachaighean a bhith falamh agus gun toir e ùine is gum bi feum air oidhirpean leantainneach uaireannan gus dachaighean falamh a lìonadh a-rithist, agus gu tric 's e a bhith a' togail dàimh ri daoine an dòigh as feàrr fuasgladh fhaighinn.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt maoineachadh do Chom-pàirteachas Dhachaighean Falamh na h-Alba gus obrachadh còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh priobhaideach agus tron obair sin thathar air feum as ùr a dhèanamh de chòrr is 9,000 dachaigh a bha falamh bho 2010 – a' gabhail a-steach 1,257 ann an 22-23. Le làr 2 dhen phròiseact bithear a' gluasad air adhart bhon chiad làr far an robhar ag amas air seirbheisean a stèidheachadh a thaobh dhachaighean falamh agus lìonra oifigearan a thogail air feadh Alba. 'S e a tha fa-near dhuinn dòighean-obrach nas ro-innleachdail a chur an sàs gus dachaighean falamh a chur gu feum a-rithist agus thèid na dòighean-obrach sin fhighe a-steach ann an obair a' Chom-pàirteachais airson Dhachaighean Falamh agus an luchd-chompàirt aca, cuidichidh an obair sin Riaghaltas na h-Alba leis an amas aca gus feum as ùr a dhèanamh de dhachaighean falamh mar thaigheadas aig prìs reusanta dhaibhsan aig a bheil feum air.

Dh'fhoillsich an Com-pàirteachas airson Dhachaighean Falamh Am Frèam airson Dhachaighean Falamh o chionn ghoirid (a chaidh a cho-dhealbh le ùghdarrasan ionadail) mar stiùireadh air mar a chruthaichear sgrìobhainn le ro-innleachd anns am bi priomhachasan airson ghnìomhan, fios air cothroman airson obair chom-pàirteach, gniomhan-taice agus fios air maoineachadh agus luchd-obrach. Bidh ar lònra de dh'oifigearan airson dhachaighean falamh, a bhios ag obair air feadh sgìrean bailteil, dùthchail is eileanach, fior chudromach dhan obair gus an iomairt seo a thoirt gu buil agus tha sinn airson gun dèan gach ùghdarras ionadail cinnteach gum bi buannachdan na h-obrach aca rim faicinn sna coimhearsnachdan air a bheil iad a' frithealadh.

Tro Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail is uachdarain shòisealta chlàraichte gus dachaighean falamh a cheannach nuair a tha sin iomchaidh. Mar an ceudna, gheibh coimhearsnachdan taic, bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach, gus feum as ùr a dhèanamh de dhachaighean falamh.

San t-Sultain 2023, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba rannsachadh neo-eisimeileach leis an ainm, 'A' dèanamh feum as ùr de dhachaighean falamh: sgrùdadadh air dachaighean falamh fo shealbh dhaoine priobhaideach ann an Alba'. San aithisg, thathar ga dhèanamh soilleir gu bheil e fhathast mar phrìomhachas do Riaghaltas na h-Alba dèiligeadh ri dachaighean falamh agus tha an iomairt sin mar aon de na priomh dhòighean gus frithealadh air an iarrtas airson taigheadas. San sgrùdadadh chaidh beachdachadh air: an t-suidheachadh an-dràsta a thaobh

dhachaighean falamh ann an Alba; na priomh bhacaidhean is cothroman nuair a thig e gu bhith a' dèanamh feum as ùr de dhachaighean; na dòighean-obrach, taic is maoineachadh a th' ann mu thràth; molaidhean gus piseach a thoirt air cùisean.

Tha grunn mholaidhean san aithisg airson ghniomhan a bharrachd a dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus daoine eile a dhèanamh gus cuideachadh le bhith a' dèanamh feum as ùr de dhachaighean falamh. Tha Riaghaltas na h-Alba air na freagairtean aca a thaobh nam molaidhean sin fhoillseachadh agus iad a' cur an cèill dè na gnìomhan a choileanas iad mar phriomhachas.

## Gníomh

Obraichidh sinn còmhla ri Com-pàirteachas Dhachaighean Falamh na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh gus feum as ùr a dhèanamh de bharrachd dhachaighean falamh ann an sgìrean dùthchail is eileanach, agus sinn a' cur nan cothroman maoineachaidh a th' ann air adhart, a' co-phàirteachadh shàr dhòighean-obrach agus a' comharrachadh chothroman airson co-obrachadh nas dlùithe eadar daoine.

## Taigh-sgoile Falamh – Aichilidh Bhuidhe, A' Ghàidhealtachd<sup>5</sup>



Chaidh seann taigh-sgoile, a bha air a bhith falamh airson còrr is còig bliadhna, ann an coimhearsnachd bheag Aichilidh Bhuidhe a chur air dòigh le Companaidh Leasachaидh Coimhearsnachd na Còigich, ann an co-bhann ri Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan, gus dà dhachaigh aig prìs reusanta a chruthachadh. Fhuair am pròiseact £74,472 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus cuideachd fhuair e taic-airgid bhon Stèidheachd Nàiseanta, Comhairle na Gàidhealtachd agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Fhuair a' choimhearsnachd sealbh air an t-seann taigh-sgoile fo aonta airson sealbh coimhearsnachd le Comhairle na Gàidhealtachd agus b' urrainn dhaibh an uair sin feum as ùr a dhèanamh dhen togalach. Fhuaras maoineachadh glè chudromach airson na h-obrach ath-nuadhachaidh air an togalach bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach, b' e seo a' chiad phròiseact a chaidh a chriochnachadh le airgead na maoine seo.

5 Dealbh: Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan

## A' Faighinn Sealbh air Dachaigh aig Prìs Reusanta

---

Tha fios againn gu bheil diofar uallaichean is dùblain a' toirt buaidh air gach margaidh taigheadais ionadail ann an sgìrean dùthchail is eileanach. Faodaidh grunn nithean bacadh a chur air daoine bho bhith a' faighinn cothrom gus sealbh fhaighinn air dachaigh aig prìs reusanta agus 's e aon chnap-starra a chithear gu tric ann an tòrr mhargaidhean taigheadais dùthchail is eileanach, gu bheil gainnead de thaighean priobhaideach ùra gan togail. Le cion taigheadais ùir, faodaidh e a bhith nach bi gu leòr thaighean ann gus frithealadh air an iarrtas a th' ann, agus dh'fhaodadh an uair sin gun tèid prìsean airson taighean an àird agus bidh dachaighean gan reic airson phrìsean gu math nas àirde na an luach a chaidh a chur orra. Mar thoradh air sin, bidh nas lugha dhachaighean ann aig prìs reusanta airson an ceannach. Ged a tha seo fior cuideachd ann an iomadh margaidh taigheadais sna bailtean, tha na duilgheadasan a thaobh taigheadais gu tric nas miosa ann an sgìrean dùthchail is eileanach, oir dh'fhaodadh nach bi uiread sin a thaighean gan reic sa mhargaidh phosgalite.

Tha grunn sgeamaichean ann fo Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta gus daoine ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach a chuideachadh le bhith a' faighinn sealbh air dachaigh aig prìs reusanta. A thuilleadh air an Sgeama Cho-sheilbh airson na Margaidh Fosgalite a tha mar as trice a' cuideachadh dhaoine gus dachaigh a th' ann mu thràth a cheannach, tha sgeamaichean eile a' cur ris an àireimh de dhachaighean ùra a gheibhear, leithid an Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr, Maoin lasadan airson Dachaigh a Thogail, a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus Taic Chom-pàirteach airson Sgeama Ath-nuadhachaidh.

## Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr

---

Tha sinn a' toirt cothrom do dhaoine dachaighean ùra a thogail tron Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr ann an àiteachan far an do chuir ùghdarrasan ionadail priomhachas air seo. Bithear a' reic nan dachaighean seo do luchd-iarrtas freagarrach le aonta co-sheilbh. Ged a thathar ag amas air barrachd taigheadais aig prìs reusanta a thabhan ann am margaidhean taigheadais far a bheil leithid a thaigheadas gann, tha an sgeama sùbailte gu leòr gus frithealadh air feumalachdan ionadail gach margaidh taigheadais agus faodar a chleachdadh ann an sgìrean eile far an deach feumalachdan ionadail a chomharrachadh.

## An Dùn Beag, An t-Òban – Earra-Ghàidheal is Bòd<sup>6</sup>



Tha a' Bhuidheann Link, agus iad ag obair le Comann Taigheadais Taobh Siar na Gàidhealtachd, a' stiùireadh pròiseact le grunn ìrean gus taigheadas aig prìs reusanta a thogail san Dùn Bheag. Tha ìre 3, le 300 dachaigh ùr, gu bhith deiseil agus fhuair an ìre sin còrr is £35 millean bho Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta. Bidh cothrom ann sealbh fhaighinn, le cosgais nas lugha, air 40 de na dachaighean seo tron Sgeama Cho-sheilbh airson Taigheadas Ùr.

Tha am Measadh air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas ann an Earra-Ghàidheal is Bòd a' comharrachadh an Òbain mar aon de na dhà sgìrean as mothà a tha a' fulang le gainnead taigheadais agus mar àite far a bheil an sluagh a' dol am meud ann an Earra-Ghàidheal. Chaidh an Dùn Beag, air iomall an Òbain, a chomharrachadh mar àite a ghabhadh cleachdadhus frithealadh air feumalachdan taigheadais.

## Maoin lasadan airson Dachaigh a Thogail

Bidh sinn a' toirt taic do dhaoine gus taighean a thogail iad fhèin tro mhaoineachadh leantainneach dhan Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail. Chaidh a' Mhaoin lasadan airson Dachaigh a Thogail a thabhnann an toiseach ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd ann an 2016 mar sgeama-dearbhaidh, agus às dèidh mar a shoirbhich leatha, chaidh maoin nàiseanta a stèidheachadh san t-Sultain 2018. Chaidh sìneadh suas ri 5 bliadhna a thoirt air a' mhaoin san t-Samhain 2022, le £6 millean de mhaoineachadh a bharrachd airson iasad an ghabhas ath-chuarachadh ri fhaotainn.

Ged a tha cothrom ann cur a-steach airson na Maoin lasadan airson Dachaigh a Thogail air feadh sgìrean bailteil agus dùthchail na h-Alba, gu ruige seo b' ann bu mhotha ann an sgìrean dùthchail a thathar air cur a-steach air a son. Tha a' mhaoin airson daoine aig a bheil pìos talmhainn mu thràth. Air sgàth 's gur e maoineachadh geàrr-ùine a th' ann tha e coltach ri iasad eadar-amail agus anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean bidh an neach-seilbh a' faighinn morgaids no a' reic an togalaich a th' aca gus an t-iasad a phàigheadh air ais.

Fon Achd Phlanaidh (Alba) 2019 tha riatanas ann gum feum ùghdarrasan planaidh liosta ullachadh is a chumail de dhaoine a tha air clàradh leis an ùghdarras gu bheil iad an dùil talamh fhaighinn ann an sgìre an ùghdarras gus taigheadas a thogail iad fhèin. Tha aig gach ùghdarras planaidh ris an liosta fhoillseachadh agus feumaidh iad ealla a ghabhail rithe nuair a bhios iad ag ullachadh a' Phlana Leasachaидh Ionadail aca, faodar cuideachd ealla a ghabhail ris an liosta ann an Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh làraich a tha freagarrach.

6 Dealbh: MacDhòmhnaill & Camshron Earranta

Tha sinn cuideachd a' toirt taic do dhaoine gus taigheadas a thogail iad fhèin tro phoileasaidhean planaidh. Tha Frèam Planaidh Nàiseanta 4 a' cur taic ri oidhirpean gus dachaighean ùra a thogail/a thabhan a bheir piseach air cùisean a thaobh phrìsean agus roghainnean, agus a lìonas beàrn a thaobh an taigheadais a tha ri fhaotainn, leithid dachaighean a thèid a thogail le daoine iad fhèin.

## A' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach

Tha a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach a' cur ris an àireimh de dhachaighean a gheibhear aig prìs reusanta tro gach seòrsa gabhaltais ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach leithid dhachaighean air mhàl reusanta, air mhàl aig prìs mheadhanach na margaidh agus dachaighean a tha gan reic aig prìs reusanta. Am measg nam pròiseactan a fhuair taic bhon mhaoin tha pròiseactan far a bheil daoine air sealbh fhaighinn air dachaighean ann an Obar Itheachan air a' Ghàidhealtachd, Stafainn san Eilean Sgitheanach agus Tom an t-Sabhail ann am Moireibh.

## Corran a' Chaisteil – Closeburn, Dùn Phris & Gall-Ghàidhealaibh<sup>7</sup>



Thug Urras LEAF Ghleann Nid an aire gun robh feum air taigheadas ann an Closeburn, ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh. Bha mar a bha cion taigheadais fhreagarrach ann, gu h-àraidh do theaghlaichean, a' ciallachadh gun robh daoine a' gluasad air falbh, agus bha sin a' toirt buaidh air mar a b' urrainn dhan bhun-sgoil cumail a' dol. Cuideachd, chaidh bochdainn connaidh a chomharrachadh mar dhuilgheadas mòr am measg thaighean ionadail.

Fhuair am pròiseact taic bho Thaigheadas Coimhearsnachd Cheann a Deas na h-Alba. Cheannaich Urras LEAF Ghleann Nid an talamh bhon chomhairle tro aonta seilbh. Thòisich obair air an lìrach as t-samhradh 2019, agus chaidh crìoch a chur air trì taighean ùra san Lùnastal 2020.

Fhuaras tabhartas luach £68,400 bho Mhaoin Fearainn na h-Alba gus an talamh a cheannach agus fhuaras £302,570 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach airson na h-obrach togail.

<sup>7</sup> Dealbh: Dealbhadaireachd Tom Manley

## Taic Chom-pàirteach airson Ath-nuadhachadh

Tha an Sgeama Taic Chom-pàirteach airson Ath-nuadhachadh ann do luchd-leasachaидh prìobhaideach, urrasan taigheadais agus uachdarain shòisealta neo-chlàraichte agus faodaidh e cuideachadh le bhith a' cur ris an uiread de thaigheadas a dh'fhaodas daoine a cheannach airson fuireach ann no de thaigheadas prìobhaideach a gheibhear air mhàl, ann an sgìrean far nach eil mòran dhen t-seòrsa taigheadais sin ann no far nach eil sgath dheth idir ann. Bidh am maoineachadh a' cuideachadh gus pàigheadh airson an diofar eadar cosgais nan leasachaidhean taigheadais agus luach an taigheadais nuair a thathar ga reic, bidh an sgeama a' toirt seachad an ìre as lugh a de thabhartasan maoineachaидh a tha a dhìth gus am pròiseact a thoirt gu buil. Tha sinn air aonta a chur ri maoineachadh airson dà phròiseact o chionn ghoirid gus dachaighean a thogail airson an reic ann an Arcailb agus san Eilean Sgitheanach.

## Sgeama Co-sheilbh airson na Mhargaidh Fosigailte

Tha an sgeama seo a' toirt taic do dhaoine, le teachd-a-steach beag no meadhanach mòr, a tha a' ceannach airson a' chiad uair agus buidhnean air a bheil prìomhachas gus dachaigh a cheannach sa mhargaidh fosigailte. Tha prìsean ceadaichte san sgeama agus chan fhaod luchd-ceannaich dachaigh a cheannach airson barrachd na luach 'ceadaichte' sònraichte. Bithear ag ùrachadh nam prìsean sin gach bliadhna feuch am bi iad air an stèidheachadh a rèir mar a tha prìsean thaighean sa chumantas air atharrachadh thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh anns gach sgìre, agus stèidhichte air prìsean meadhanail airson sgìrean dùthchail.

## A' Faighinn Sealbh air Dachaigh aig Prìs Reusanta – An Ath Cheum

Tha fios againn gum bu toil le cuid a dhaoine sealbh fhaighinn air dachaigh dhaibh fhèin agus cumail orra a bhith a' fuireach sa choimhearsnachd ionadail aca. Bidh sinn a' cur ghnìomhan an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine nas mothachail air sgeamaichean Riaghaltas na h-Alba airson sealbh fhaighinn air dachaigh agus gus daoine a bhrosnachadh gus feum a dhèanamh dhiubh, le bhith a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail gus feum a dhèanamh de na sgeamaichean sin iad fhèin, nuair a tha sin freagarrach, gus frithealadh air feumalachdan taigheadais nan coimhearsnachdan aca.

Tha sinn a' tuigsinn gum faod e bhith gu h-àraidih doirbh taigh a cheannach ann an cuid a sgìrean dùthchail is eileanach ri linn cion taigheadais, iarrtas mòr airson an taigheadais a th' ann, agus cùisean a bheir buaidh air suidheachadh na margaidh leithid ìrean-rèidh agus ìre na h-atmhorachd a tha a' dol an àird. Tha sinn ag iarraidih tuigse nas fheàrr fhaighinn air cuid de na cùisean iomadh-fhillte seo agus air mar a tha a' mhargaidh ag obair, gus an urrainn dhuinn beachd a ghabhail air mar a tha na sgeamaichean airson sealbh fhaighinn air dachaigh ag obrachadh, air na nithean a tha a' toirt buaidh air a' mhargaidh ann an dòighean ris an robh dùil agus ris nach robh dùil, agus air gnìomhan sam bith eile a tha dhìth, ma tha feedhainn a dhìth. Mar phàirt dhen obair seo, beachdaichidh sinn air cho freagarrach 's bhiodh iomairtean a bh' aig Riaghaltas na h-Alba roimhe airson sealbh fhaighinn air dachaigh.

## Gníomh

As t-Samhraidh 2024, barantaichidh sinn rannsachadh neo-eisimeileach gus cuideachadh le sgrùdadh air sealbh air dachaighean aig prìs reusanta ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach. Beachdaichidh sinn air toraidhean an rannsachaidh seo agus molaidhean sam bith fhad 's a tha sinn a' stèidheadachadh nan gnìomhan a bhios a dhìth gus an ath cheum a ghabhail.

Faodaidh buannachdan sònraichte tighinn bho uallaichean taigheadais dùthchail, oir feumaidh an togalach a bhith air a chleachdad mar phrìomh àite-còmhnaidh, agus cuidichidh sin gus dèanamh cinnteach gum bi toglaichean air an cleachdad mar dhachaighean fad an t-siubhail. Ma thathar a' reic togalach, tha a' chiad chothrom aig a' bhuidhinn thaigheadais dhùthchail air an togalach sin a cheannach. Mura gabhar an cothrom sin, agus ma thèid an togalach a reic sa mhargaidh fhosgailte, tha an t-uallach fhathast mar phàirt dhen sgrìobhainn-chòraichean.

## Uallaichean Taigheadais Dùthchail

Sa cho-chonaltradh a rinn sinn, bha luchd-ùidhe a' cur taic ri uallaichean taigheadais dùthchail agus ris mar as urrainnear an cleachdad agus an cur air adhart gus pròiseactan taigheadais aig prìs reusanta a thoirt gu buil ann an sgìrean dùthchail. Bithear a' cleachdad uallaichean taigheadais dùthchail ann an cuid a cheàrnaidhean de dh'Alba mu thràth, gu h-àraidh air a' Ghàidhealtachd agus gabhaidh, mar as trice, uallach a chur ri sgrìobhainn-chòraichean airson togalach no làrach-taighe, nuair a thèid an reic airson a' chiad uair tro earrainn 43 de dh'Achd Cumhachan nan Còraichean-seilbh (Alba) 2003. Leis an uallach, tha a' chòir aig buidheann taigheadais dhùthchail air a' chiad chothrom air dachaigh a cheannach agus tha smachd aca air mar a thèid an taigheadas a reic gus an gabh an t-àite-fuirich a ghleidheadh mar dhachaigh mhaireannach aig prìs reusanta.

Dh'fhaodadh gun deach an togalach, air an deach uallach a chur, a cheannach aig prìs a bha na bu lugh a luach na margaidh, ma thachair sin, fuirichidh an t-uallach ann an sgrìobhainn-chòraichean an togalaich gu sìor-mhaireannach.

## Gníomh

Bidh sinn a' cur taic ri agus a' brosnachadh dhaoine gus barrachd uallaichean taigheadais dùthchail a chleachdad airson taigheadas aig prìs reusanta a thogail no a thabhall. Mar phàirt de sin, obraichidh sinn còmhla ri luchd-iasaid gus faicinn ciamar as urrainn dhaibh cuideachadh le uallaichean taigheadais dùthchail tro phròiseactan taigheadais aig prìs reusanta a gheibh maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba.

## Òrduighean Ceannaich Èigneachail

Tha cumhachdan farsaing aig ùghdarrasan ionadail a thaobh òrduighean ceannaich èigneachail, a ghabhas cleachdad gus feum as ùr a dhèanamh de dh'fhearann no toglaichean a tha falamh no trèigte no de dhachaighean falamh – agus sin a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh feum dhiubh airson taigheadas. Uaireannan, faodaidh buidhnean le cumhachdan airson òrduighean ceannaich èigneachail fearann a cheannach airson phròiseactan a tha gan toirt air adhart no a tha a' faotainn maoineachadh bho bhuidheann no cuideigin eile – canar uaireannan aontaidhean "taobh-ri-taobh" riutha seo.

### Gníomh

Tha sinn air cur romhainn ath-leasachadh is ùrachadh a dhèanamh air reachdas airson òrduighean ceannaich èigneachail ann an Alba gus am bi an siostam nas cothromaiche, nas soilleire agus nas luithe airson a h-uile duine. Mar chiad cheum, nì sinn trusadh airson pannal comhairleachaidh le eòlaichean ann an 2023-24 gus cuideachadh le bhith a' beachdachadh air na roghainnean a th' ann airson ath-leasachadh.

Ann an 2024 nì sinn obair gus beachdachadh air na h-adhbharan airson Òrduighean Ceannaich Èigneachail agus mar a tha iad gan cur an sàs gu practaigeach, gu h-àraidi le sùil ris a' ghealladh againn gus ath-leasachadh a thoirt air Òrduighean Ceannaich Èigneachail.

### Croitearachd

Tha croitearachd na meadhan glè chudromach gus an sluagh a ghleidheadh nar sgìrean dùthchail is eileanach, agus sin a' gabhail a-steach daoine òga agus teaghlaichean. Gu h-eu-coltach ri seòrsaichean eile de ghabhaltas fearainn, tha grunn dhleastanasan reachdail air croitearan, leithid gum feum iad a bhith a' fuireach air, no taobh a-staigh 32 cilemeatair bhon, a' chroit aca agus gum feum iad a bhith ag obrachadh agus a' cumail suas na croite. Mura coilean iad na dleastanasan aca, dh'fhaodadh gun caill iad a' chroit aca. Ma choileanas iad na dleastanasan aca, faodaidh croitearan cur a-staigh airson Tabhartas airson Taigh-croite.

Tha Riaghaltas na h-Alba air taic nach beag a thoirt seachad gus taigheadas croitearachd a leasachadh. Bhon Fhaoilleach 2007, tha Riaghaltas na h-Alba air Tabhartasan airson Taighean-croite luach còrr is £24.4 millean a thoirt seachad gus còrr is 1,100 dachaigh a thogail no a leasachadh do chroitearan.

Ann am Plana Nàiseanta nan Eilean againn, thathar a' toirt aithne do cho fior chudromach 's a tha croitearachd ann a bhith a' gleidheadh an t-sluagh ann an sgìrean iomallach, dùthchail, leithid na h-eileanan. Tha Tabhartasan airson Taighean-croite a' leigeil le croitearan a bhith a' fuireach agus ag obair air, no faisg air, an fhearrann aca, agus tha iad a' toirt brosnachadh do dhaoine gu bhith a' cosg airgead air a' chroit aca agus e comasach dhaibh an uair sin làn-bhuannachd eaconamach fhaighinn bhon chroit. Tha aig croitearan an-còmhnaidh, cha mhòr, ris an taigh-chroite a thogail no a chur air dòigh iad fhèin. Tha an Tabhartas airson Taigh-croite a' cuideachadh a' chroiteir le bhith a' togail no a' leasachadh an togalaich a bhios na phrìomh àite-còmhnaidh dhaibh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa barrachd dhaoine a chuideachadh gus a bhith a' fuireach air, no faisg air, a' chroit aca, agus gus an talamh aca obrachadh agus daoine a bhrosnachadh gus airgead a chosg air croitean is taighean-croite, oir cuiridh sin luach ris an eaconamaidh ann an sgìrean croitearachd. Tha e cuideachd a' cuideachadh le bhith a' cur stad air crìonadh an t-sluaigh agus tha e a' cur ri seasmhachd choimhearsnachdan dùthchail.

Chaidh Am Plana Leasachaидh Nàiseanta airson Croitearachd aig Riaghaltas na h-Alba fhoillseachadh sa Mhàrt 2021, agus sa phlana thathar a' sealtainn nam prìomh nithean a tha dhith gus dèanamh cinnteach gum bi croitearachd fhathast na bunait, mar a tha i an-dràsta, do ar coimhearsnachdan dùthchail is eileanach.

## Gníomh

Le maoineachadh a bharrachd luach £1.9 millean ann an 2023 – 2024, cumaidh sinn oirnn a' toirt taic-airgid do chroitearan a tha airson taigh-croite a thogail no a leasachadh agus bheir sinn prìomhachas dhan fheadhainn as mothaidh aig a bheil feum air an taic. Cuideachd, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh ath-sgrùdadh gach bliadhna air an sgeama gus measadh a dhèanamh air buaidh is èifeachd an sgeama agus sinn a' dèanamh cinnteach gum bi e fhathast a' toirt taic air leth feumail do chroitearan a tha ag obrachadh na talmhainn.

# Taic do Leasachaidhean fo Stiùir na Coimhersnachd

Faodaidh leasachaidhean ionadail fo stiùir na coimhersnachd a bhith glè chudromach airson taic a chumail ri coimhersnachdan dùthchail feuch am bi iad soirbheachail is làidir. Bidh an lònra de Bhuidhneangníomh ionadail airson Leasachaidhean ionadail fo Stiùir na Coimhersnachd ag obair air feadh sgìrean dùthchail is eileanach na h-Alba gus dèiligeadh ris na dùbhlain, is gabhail ris na cothroman, a th' aca gu h-ionadail agus iad a' togail eòlas is sgilean ùra, a' cur taic ri beachdan ùra agus a' brosnachadh co-obrachadh. Nuair a tha fearann no toglaichean ann a tha gu sònraichte cudromach no feumail, 's urrainnear ealla a ghabhail ri sin agus ri miannan na coimhersnachd ann am Plana-àite ionadail. An uair sin, aon uair 's gu bheil iad clàraichte, faodar ealla a ghabhail ri Planaichean-àite ionadail nuair a thathar ag ullachadh Plana Leasachaидh ionadail airson na sgìre.

## Traigheadas fo Stiùir na Coimhersnachd

Tha taigheadas fo stiùir na coimhersnachd mar phàirt cudromach dhen iomairt fharsaing againn gus barrachd dhachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhan ann an coimhersnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach agus tha e a' toirt cothrom do choimhersnachdan gus an taigheadas aca fhèin a stèidheachadh far a bheil iad ag iarraidh. Ge-tà, chan ann dìreach mu dheidhinn taigheadas a tha seo, tha goireasan coimeirsealta is coimhersnachd a tha, còmhla ri taigheadas, a' toirt piseach air beatha dhaoine gu h-ionadail fior chudromach ma tha coimhersnachdan gu bhith air stèidh làidir is sheasmhach thar ùine fhada.

'S e abairt fharsaing a th' ann an taigheadas fo stiùir na coimhersnachd a tha a' gabhail a-steach taigheadas a tha air a chur air adhart an toiseach leis a' choimhersnachd, a tha air a stiùireadh leis a' choimhersnachd agus a tha fo shealbh na coimhersnachd. Ged a thathar mar as trice ag amas air dachaighean a thabhan aig prìs a tha reusanta, faodaidh taigheadas fo stiùir na coimhersnachd a bhith a' gabhail a-steach diofar sheòrsaichean gabhaltais leithid mài co-ionann ri mài sòisealta, mài aig prìs mheadhanach na margaidh, mài priobhaideach no cothrom air sealbh fhaighinn air dachaigh aig prìs nas lugha.

Faodaidh pròiseactan a bhith dìreach airson taigheadas no faodaidh iad a bhith a' gabhail a-steach leasaichean coimhersnachd no coimeirsealta eile,

agus iad an uair sin a' toirt cothrom air teachd-a-steach a dh'fhaodadh cuideachadh le cosgaisean leantainneach, leithid chosgaisean gleidhidh. Dh'fhaodadh gun tèid feum as ùr a dhèanamh de, no ath-leasachadh a dhèanamh air, toglaichean a th' ann mu thràth no gun tèid taigheadas ùr a thogail. 'S dòcha gum bi dachaighean fa leth ann no dachaighean dealbhaichte a rèir bheachdan co-cheangailte ri bhith a' fuireach ann an coimhairsnachd, le àiteachan-obrach, gàrraidhean-coimhairsnachd airson glasraich agus goireasan eile math dh'fhaodte a chuidicheas le bhith a' togail coimhairsnachd sheasmhach, aonaichte. Cuideachd, faodaidh structaran nam buidhnean agus na modhan-stiùiridh aca a bhith eadar-dhealaichte, 's dòcha gum bi cuid a bhuidhnean ag iarraidh tighinn còmhla tro structaran co-obrachail le no às aonais àiteachan coitcheann, agus bidh cuid eile ag iarraidh structaran nas traidiseanta airson na buidhne aca.

Mar sin, ged a bhios an aon seòrsa feallsanachd gu tric air cùl taigheadas fo stiùir na coimhairsnachd, faodaidh eadar-dhealachaidhean a bhith ann a thaobh dealbhachadh, maoineachadh agus mar a thèid a thoirt gu buil agus tha e buailteach gum bi iad sin a rèir suidheachadh is cinn-uidhe gach pròiseact fa leth agus a rèir an t-seòrsa pròiseict a th' ann.

Tha coimhairsnachdan air feadh sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach a' dol an sàs ann am pròiseactan gus an taigheadas a tha a dhìth orra a thogail no a thabhall, agus iad gu tric a' faotainn taic bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach. Tha a' mhaoin a' toirt taic dheatamach seachad do bhuidhnean coimhairsnachd agus daoine eile, nach urrainn taic fhaighinn bhon phriomh phrògram airson taigheadas aig prìs reusanta, gus na dachaighean aig prìs reusanta a tha a dhìth air na coimhairsnachdan aca a thogail no a thabhall. Faodaidh na pròiseactan seo a bhith a' gabhail a-steach dhachaighean air mhàl reusanta no a tha gan reic aig prìs reusanta, agus tha diofar sheòrsa phròiseactan ann leithid taigheadas ùr a thèid a thogail, obair ath-nuadhachaidh air dachaighean falamh no obair leasachaidh air toglaichean nach b' àbhaist a bhith nan àite-còmhnaidh. Cuideachd, mar phàirt de seo faodar iomairtean taigheadais innleachdach is practaigeach a chur an sàs a bheir dhuinn fuasglaidhean, a ghabhas cleachdadhean ann an àiteachan eile, airson nan dùbhlan a th' ann a thaobh a bhith a' togail is a' tabhann taigheadas ann an sgìrean dùthchail – fuasglaidhean leithid mhodailean le taigheadas airson diofar ghinealaich a bhith a' fuireach còmhla agus structaran co-thaigheadais.

## Conasg an lar is Conasg a Tuath, Eag-bhaile na Pàirce – Inbhir Èire, Moireibh<sup>8</sup>



Tha Eag-bhaile na Pàirce ann an Inbhir Èire ann an Moireibh air a bhith ann airson còrr is 60 bliadhna agus tha còrr is 100 dachaigh le dealbhachadh eag-eòlach agus 30 togalach eile sa bhaile, agus tòrr dhiubh sin 's e goireasan coimhearsnachd a th' annta. 'S e taigheadas aig prìs reusanta a tha ann am pàirt dhen taigheadas san bhaile, agus tha a' mhòr-chuid de na toglaichean eile san àite nan dachaighean priobhaideach fo shealbh diofar dhaoine agus tha beagan thoglaichean coimeirsealta ann leithid bùth agus oifisean airson grunn iomairtean sòisealta a tha stèidhichte sa bhaile.

Chuir Urras Eag-bhaile na Pàirce pròiseact airson taigheadas aig prìs reusanta air dòigh le sia flataichean, air an dealbh a rèir ìrean eag-eòlach àrda, le cosgaisean ruith iosal air an làrach aca aig Conasg an lar. Fhuair am pròiseact £130,000 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus fhuaras iasadán priobhaideach bho bhuill dhen choimhearsnachd. Chaidh crìoch a chur air na dachaighean ann an 2017 agus bha am pròiseact air geàrr-liosta nan Duaisean SURF airson 'sàr-obair le taigheadas a nì ath-nuadhachadh air coimhearsnachd' ann an 2018.

Às dèidh do mar a shoirbhich leis a' phròiseact aig Conasg an lar, chuir Urras Eag-bhaile na Pàirce dàrna pròiseact air dòigh, an turas seo aig Conasg a Tuath agus thog iad ochd dachaighean le taic luach £532,592 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus le iasadán coimeirsealta agus chaidh crìoch a chur air na h-ochd dachaighean a gheibhear air mhàl reusanta as t-samhradh 2022.

8 Conasg a Tuath. Dealbh: Urras Eag-bhaile na Pàirce

## A' Cuideachadh Choimhearsnachdan gus Barrachd Dhachaighean a Thogail is a Thabhan

Chan eil coimhearsnachd dìreach a' gabhail a-steach nan daoine a tha a' còmhnaidh an sin gu cunbalach, tha coimhearsnachd cuideachd a' gabhail a-steach nan daoine a bhios a' fuireach is ag obair innt, agus an fheadhainn aig a bheil ùidh leantainneach san sgìre, leithid fhastaichean, daoine le fearann agus daoine eile. Nuair a thòisich a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach ann an 2016, dh'atharraich cùisean a thaobh taigheadas dùthchail agus an uiread dheth a ghabhadh togail. Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' leantainn orra leis a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus tha £30 millean gu bhith ri fhaighinn ann an ùine na pàrlamaid seo mar thaic do phròiseactan a ghabhas a thoirt gu buil.

Faodaidh a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach cuideachadh, ann an co-bhuinn ri sgeamaichean eile leithid Maoin Fearainn na h-Alba, gus amasan taigheadais choimhearsnachdan a thoirt gu buil. Bidh Maoin Fearainn na h-Alba a' tairgse thabhartasan luach suas ri £1 millean mar thaic do choimhearsnachdan a tha airson fearann no toglaichean a cheannach agus cuideachd bheir iad taic phractaigeach seachad airson cuideachadh le pròiseactan. Ged nach e maoin taigheadais a th' ann am Maoin Fearainn na h-Alba, 's urrainn dhaibh taic phrìseil a thoirt do choimhearsnachdan le bhith a' comharrachadh agus a' faighinn sealbh air fearann a chuidicheas iad leis na h-amasan taigheadais aca. Am measg nan ciad cheuman riatanach a tha dhìth gus planaichean airson taigheadas a thoirt air adhart tha a' faighinn tuigse air feumalachdan taigheadais ionadail agus a' comharrachadh fearann air an gabh taigheadas a thogail gus frithéaladh air na feumalachdan sin, agus mar sin gheibhearn buannachdan bho bhith a' dèanamh

cinnteach gun cùm Maoin Fearainn na h-Alba agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach orra ag obair còmhla agus iad a' toirt taic do choimhearsnachdan. Mar sin, tha e deatamach gun dèan coimhearsnachdan, aig ère thràth, measadh air feumalachdan taigheadais ionadail, agus gum bi co-chonaltradh ann eadar luchd-maoineachaidh, ùghdarrasan ionadail agus daoine eile a tha a' togail no a' tabhann taigheadas aig prìs reusanta a thaobh nam builean a bu chòir a bhith a' sùileachadh bho phròiseactan agus bu chòir tuigse choitcheann a bhith aig daoine air an obair-chomasachd a bhios a dhìth.

### Oighreachdan Srath Chatarach – Inchbare, Aonghas<sup>9</sup>



Bha Oighreachdan Srath Chatarach am measg nan ciad oighreachdan priòbhaideach a dh'iarr taic bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach. Thòisich Oighreachdan Srath Chatarach air 6 dachaighean airson mìl reusanta a thogail ann an Inchbare san Ògmhios 2020, às dèidh dhaibh aonta fhaighinn agus maoineachadh luach £533,000. Chaith crìoch a chur orra san Dàmhair 2021. Às dèidh iomairt gus a' bhun-sgoil ionadail a chumail fosgailte, bha am poileasaidh-gabhall a' cur prìomhachas air teaghlaichean le clann aig aois sgoile no aois ro-sgoile.

9 Dealbh: Riaghaltas na h-Alba

## Gníomh

Neartaichidh sinn na ceanglaichean obrach eadar Maoin Fearainn na h-Alba agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach gus am bi co-dhùnaidhean a nithear a thaobh choimhearsnachdan a' co-fhreagairt nas fheàrr air a chèile.

Nì sinn sgrùdadh air dòighean-obrach na Maoine airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach gus an urrainnear maoineachadh-comasachd a thoirt seachad nas tràithe, nuair a tha sin a dhìth, mar thaic do mheasaidhean taigheadais ionadail a dh'fhaodadh cuideachadh le iarrasan airson taic bho Mhaoin Fearainn na h-Alba.

## Taigheadas Dùthchail is Taic

Nuair a tha iad ag amas air leasachaidhean taigheadais a thoirt gu buil, feumaidh coimhearsnachdan beachdachadh air grunn chûisean cudromach. Nam measg tha cùisean obrachaидh leithid structair na buidhne, na goireasan is sgilean a th' ann, agus na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn bho bhith ag obair le luchd-compàirt gus am pròiseact a thoirt gu buil. Airson na h-ùine-fada, bu chòir do choimhearsnachdan cuideachd beachdachadh air mar a ghabhas na toglaichean a chumail suas is a stiùireadh agus air a' mhaoineachadh is luchd-obrach a bhios a dhìth airson sin.

Tha fios againn gu bheil grunn bhuidhnean taigheadais ann bhon treas roinn a bhios a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach a thaobh comhairle agus sgilean coileanaidh. Nam measg tha Comann Urrasan Leasachaidh na h-Alba agus Taigheadas Dùthchail na h-Alba, a bhios a' toirt taic do na buill aca, a' co-phàirteachadh sàr dhòighean-obrach agus ag iomairt às leth choimhearsnachdan dùthchail. Sna h-Eileanan Siar, tha Tighean Innse Gall a' dèanamh obair chudromach agus iad a' toirt seachad sheirbheisean taigheadais

ionadail eadar stiùireadh thoglaichean is chûmhantán-màil, seirbheisean gleidhidi is càraidh agus comhairle is taic a thaobh teas is cumhachd. Bidh Tighean Innse Gall ag obair gu dlùth còmhla ri Com-pàirteachas Taigheadais Innse Gall, an t-uachdaran sòisealta clàraichte airson na sgìre, agus Tighean Innse Gall ag obair às leth Riaghaltas na h-Alba gus stiùir a chumail air mar a thèid dachaighean air am faighear sealbh aig phrìs nas lugha a reic a-rithist.

Bidh Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan agus Taigheadas Coimhearsnachd Cheann a Deas na h-Alba ag obair air feadh Alba agus bidh iad a' toirt taic is comhairle do choimhearsnachdan is buidhnean eile a tha airson pròiseactan taigheadais a thoirt air adhart, agus mar phàirt de sin bidh iad a' cuideachadh dhaoine gus cur a-steach airson Maoin Fearainn na h-Alba agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach. Thug daoine iomradh sònraighe, sa cho-chonaltradh a rinn sinn, air an taic chudromaich a bheir na buidhnean seo seachad, agus thuirt tòrr dhaoine fa leth agus bhuidhnean nach e dìreach an taic a bhios iad a' toirt seachad gus pròiseactan a thoirt gu buil a tha feumail ach cuideachd gu bheil an obair a nì iad gu h-ionadail na chuideachadh mòr agus iad a' togail cheanglaichean eadar coimhearsnachdan is buidhnean.

Bu mhath le Riaghaltas na h-Alba tuilleadh adhartais fhaicinn a thaobh leasachaidhean fo stiùir na coimhearsnachd ann an sgìrean iomallach, dùthchail is eileanach gus an gabh an seòrsa leasachaidhean sin a thoirt air adhart ann an dòigh nas neo-eisimeiliche far nach eil uiread de thaic a dhìth. Tha sinn a' tuigsinn gur dòcha gun toir e ùine an ìre sin a ruighinn agus gum bi taic a dhìth gus adhartas mar sin fhaicinn. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig coimhearsnachdan air an taic is air a' chomhairle a tha a dhìth orra agus gu bheilear a' cur prìomhachas air an obair a tha a' cuideachadh le bhith a' toirt nan leasachaidhean gu buil. Tha Riaghaltas na h-Alba air taic-airgid aontachadh, a tha air

a co-mhaoineachadh leis an Stèidheachd Nàiseanta, luach suas ri £960,000 airson 2023-24 – 2025-26 airson cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na comasan is an t-eòlas aig an luchd-obrach aig Urras Taigheadais nan Coimhersnachdan agus Taigheadas Coimhersnachd Cheann a Deas na h-Alba gus na pròiseactan a tha sa chlàr-obrach aca an-dràsta a thoirt gu buil agus taic a chur ri pròiseactan ùra.

## Gníomh

Tha sinn a' toirt seachad taic-airgid, a tha air a co-mhaoineachadh leis an Stèidheachd Nàiseanta, luach suas ri £960,000 airson 2023-24 – 2025-26 airson cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na comasan is an t-eòlas aig an luchd-obrach aig Urras Taigheadais nan Coimhersnachdan agus Taigheadas Coimhersnachd Cheann a Deas na h-Alba gus na pròiseactan a tha sna clàran-obrach aca a thoirt gu buil.

## A' Toirt Leudachadh air Taigheadas fo Stiùir na Coimhersnachd

Sa cho-chonaltradh a rinn sinn, thug sinn an aire gun robh diofar ùghdarrasan ionadail a' toirt diofar ìrean de thaic do leasachaidhean fo stiùir na coimhersnachd. Tha an obair a nì ùghdarris ionadail a thaobh a bhith a' toirt taic do agus a' co-òrdanachadh mar a thèid taigheadas aig prìs reusanta a thogail no a thabhan san sgìre aca glè fheumail. Mar sin, tha e cudromach gum bi ùghdarrasan ionadail a' toirt taic do phròiseactan taigheadais fo stiùir na coimhersnachd. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh iad

cuideachadh aig ìre thràth le sgrùdaidhean-comasachd is cnapan-starra, dh'fhaodadh iad coimhersnachdan is luchd-solair taigheadais a thoirt còmhla gus obrachadh air prìomhachasan taigheadais coitcheann agus dh'fhaodadh iad sùil a chumail air adhartas agus prìomhachasan adhartais a stèidheachadh agus iad a' gabhail ealla ri prògraman eile gus taigheadas aig prìs reusanta a thogail.

## Gníomh

Nì sinn ùrachadh ann an 2024 air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Taigheadais ionadail agus Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas gus am bithear a' cur cuideam air taigheadas fo stiùir na coimhersnachd. Bidh an stiùireadh ùr a' brosnachadh barrachd co-chonaltraidh aig ìre ionadail eadar ùghdarrasan ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte, luchd-comasachaidh taigheadais dùthchail agus coimhersnachdan agus bithear ag iarraidh gun tèid pròiseactan a gheibh taic bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach a chomharrachadh ann am Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas.

## Stafainn, An t-Eilean Sgitheanach<sup>10</sup>



'S e coimhairsnachd bheag, croitearachd a th' ann an Stafainn san Eilean Sgitheanach agus tha Gàidhlig aig tòrr de na daoine a tha a' fuireach ann. Am measg nan dùbhlan mòra a tha ron choimhairsnachd tha cion obraighean maireannach a bheir cosnadh do dhaoine fad na bliadhna agus cion taigheadais aig prìs reusanta, sluagh a tha sean agus a' crònadh agus mar a tha na daoine òga a' falbh gus obair a lorg – dh'fhàg 40 neach ann an ceithir bliadhna.

Ann an com-pàirt ri Urras an Taobh Sear, thug Urras Taigheadais nan Coimhairsnachdan pròiseact taigheadais gu buil le sia dachaighean aig prìs reusanta, dà aonad coimeirsealta airson mäl a' gabhail a-steach àite airson bùth-obrach, agus ionad-slàinte ùr airson NHS na Gàidhealtachd, a chaidh an àite an t-seann fhir nach robh freagarrach tuilleadh. Bidh an t-ionad-slàinte ùr a tha fo shealbh na coimhairsnachd air a leigeil air mhàl dhan NHS agus sin a' toirt teachd-a-steach dhan choimhairsnachd. Thathar an dùil an seann togalach NHS ath-nuadhachadh gus an gabh a chleachdadh mar dhachaigh ùr aig prìs reusanta dhan choimhairsnachd.

Thòisich an obair-togail san Lùnastal 2020 agus tha measgachadh de dhachaighean ann: feadhainn air mhàl sòisealta tro Chomann Taigheadais Loch Aillse is an Eilean Sgitheanaich, feadhainn air mhàl coimhairsnachd tro Urras an Taobh Sear, agus feadhainn a thathar a' reic le lasachadh-prìse tro Urras Taigheadais nan Coimhairsnachdan. Fhuair am pròiseact £381,426 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus għluais daoine a-staigh do na dachaighean ùra aca sa Għearran 2022.

Fhuair am pròiseact grunn dhuaisean, leithid na duaise airson Taigheadas is Ath-nuadhachadh aig Fòram Ath-nuadhachaidh na h-Alba 2022, an duais airson Choimhairsnachdan aig Duaisean Dhachaighean na h-Alba 2022, an duais airson Sàr Obair a thaobh Ath-nuadhachadh is Seasmhachd aig na Duaisean Taigheadais 2022 aig Institiud Taigheadais Ùghdarrachte na h-Alba, agus Am Pròiseact as Fheàrr san Fharsaingeachd aig Duaisean Comann Ailtireachd na Gàidhealtachd is nan Eilean 2022.

10 Dealbh: Urras Taigheadais nan Coimhairsnachdan

## A' Dèanamh Measadh air Feumalachdan Taigheadais ann an Sgìrean Iomallach, Dùthchail is Eileanach

Bidh ùghdarrasan taigheadais is planaidh a' dèanamh Measadh air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas a h-uile còig bliadhna, mar as àbhaist, mar phàirt dhen phròiseas airson Ro-innleachd Taigheadais ionadail agus gus cuideachadh le bhith a' dealbh Phlanaichean Leasachaидh ionadail. Faodaidh ùghdarrasan taigheadais is planaidh fiosrachadh eile a chleachdadh sa Mheasadh aca air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas, leithid dàta dearbhte a bharrachd is toraidhean rannsachaидh nuair a tha sin aca. Sa Mheasadh air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas, chithear fiosrachadh mu feumalachdan taigheadais thar na h-ùine fada, leithid cia mheud dachaigh ùr a bhios a dhìth agus pàtranan a tha follaiseach a thaobh phrisean thaighean is seòrsaichean gabhaltais.

Bidh ùghdarrasan ionadail a' cleachdadh Measadh air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas gus cuideachadh le bhith a' dealbh phoileasaidean taigheadais tron Ro-innleachd Taigheadais ionadail aca agus Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas. Ged a tha Riaghaltas na h-Alba dhen beachd gu bheil Measaidhean air na tha a Dhìth agus air an larrtas a thaobh Taigheadas fhathast freagarrach is feumail, tha sinn cuideachd a' tuigsinn nach bi iad daonnaidh a' toirt fiosrachadh seachad a tha mionaideach gu leòr do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach, an seòrsa fiosrachaيدh a bhios a dhìth orra uaireannan gus cuideachadh le co-dhùnaidhean ionadail co-cheangailte ri taigheadas leithid dè seòrsa dhachaighean no aontaidhean-gabhaltais a tha a dhìth, no dè cho mòr 's a bu chòir dha na dachaighean a bhith. Tha a' phuing seo cuideachd air a thogail ann am Plana Nàiseanta nan Eilean.

Mar sin, bidh measadh air feumalachdan taigheadais ionadail mar chiad cheum cudromach do choimhearsnachdan is daoine eile a tha a' beachdachadh air an taigheadas a tha, agus a bhios, a dhìth orra san sgìre agus bidh e mar mheadhan gus co-chonaltradh a dhèanamh ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Tha grunn dhòighean ann mu thràth gus cuideachadh leis an obair seo. Mar eisimpleir, tha goireas airson Measadh air Taigheadas sa Choimhearsnachd aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a tha a' cleachdadh ceisteachan a thèid a sgaileadh am measg dhachaighean gus tuigse fhaighinn air feumalachdan taigheadais nan coimhearsnachdan. Bidh luchd-comasachaيدh taigheadais dùthchail a' dèanamh mheasaidean gu cunbalach air feumalachdan taigheadais ionadail airson choimhearsnachdan mar thaic do phròiseactan taigheadais agus iarrasan maoineachaيدh. Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan agus luchd-comasachaيدh dùthchail gus beachdachadh air na dòighean-obrach a th' ann agus air sàr dhòighean-obrach gus measaidean taigheadais a dhèanamh, agus mar phàirt de sin thèid beachdachadh air na tobraichean fiosrachaيدh a ghabhas cleachdadh gus cuideachadh leis a' phròiseas seo.

### Gníomh

Ullachidh sinn stiùireadh a chuidicheas coimhearsnachdan, ùghdarrasan ionadail agus daoine eile gus measaidean taigheadais ionadail a dhèanamh a tha stèidhichte air sàr dhòighean-obrach is modhan-obrach làidir.

# Traigeadas is Eaconamaidhean Ionadail

Chan e dìreach mullach is ballaichean a th' ann an taigh. Bidh cho math 's a tha dachaigh dhaoine agus far a bheil i a' toirt buaidh air slighe am beatha agus na cothroman a bhios aca, leithid obair, foghlam, slàinte agus cothroman air goireasan eile. Tha far a bheil traigeadas cudromach cuideachd do dh'fhasataichean ionadail aig am bi feum air luchd-obrach fad na bliadhna agus fad ràithean sònraichte agus faodaidh cion traigheadais aig prìs reusanta gu h-ionadail duilgheadasan adhbharachadh do ghnothachasan a tha a' feuchainn ri luchd-obrach a thrusadh no a chumail – a' gabhail a-steach priomh luchd-obrach.

Tha Traigeadas gu ruige 2040, An Ceann-uidhe Nàiseanta airson Bun-structair,  
Am Plana Ionmhais airson Bun-structair,  
An Ro-innleachd Còmhdaill Nàiseanta,  
Ro-innleachd Dhidseatach na h-Alba  
agus Am Frèam Ro-innleachdail airson  
Tèarainteachd Dhidseatach do dh'Alba uile  
ag amas air bun-structair nàiseanta, làidir a  
chruthachadh is a ghleidheadh a bheir taic  
do dh'eaonamaidh fior shoirbheachail.

Tha fios againn gu bheil traigeadas, le gach seòrsa aonta-gabhaltais, a' cur gu mòr ri eaonamaidhean na h-Alba. Faodaidh airgead a thèid a chosg air traigeadas buaidh mhòr a thoirt air eaonamaidhean ionadail agus tha Riaghaltas na h-Alba gu bhith a' toirt seachad £3.5 billean rè ùine na Pàrlamaid seo air feadh Alba gus barrachd dhachaighean aig prìs reusanta a thogail no a thabhall. Le bhith a' coileanadh na targaid lèirsinnich aig Riaghaltas na h-Alba gus 110,000 dachaigh aig prìs reusanta a thogail no a thabhall airson 2032, dh'fhaodadh sin taic a chumail ri prògram taic-ionmhais luach £18 billean agus ri suas ri 15,000 obair gach bliadhna.

Tha e cudromach gum bi co-obrachadh buadhach ann eadar na h-oifigearan traigheadais, planaidh agus oifigearan leasachaидh eaonamaich aig ùghdarrasan ionadail airson dèanamh cinnteach gum bi iad ag obair gu dlùth còmhla gus taic a thoirt do thaigeadas, an eaonamaidh agus amasan a thaobh àiteachan. Tha an obair agus na dleastanasan aig lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus lomairt Cheann a Deas na h-Alba cuideachd glè chudromach mar mheadhan gus cothroman co-obrachaidh aig ère sgìreil is ionadail a chur air dòigh mar thaic do thaigeadas is dhan eaonamaidh agus iad a' togail cheanglaichean le ùghdarrasan ionadail. Mar phàirt de sin bithear ag obair ann an com-pàirt ri diofar luchd-ùidhe gus priomhachasan coitcheann a thoirt gu buil leithid ghnothachasan, luchd-compàirt reachdail, urrasan leasachaидh agus buidhnean coimhearsnachd.

Tha fios againn gu bheil gnothachasan ann a tha a' lorg fhuasglaidhean iad fhèin a thaobh traigeadas gus frithealadh air na feumalachdan gnothachais aca agus

gus luchd-obrach a thàladh. Tha iad a' dèanamh sin ann an diofar dhòighean, leithid le bhith a' ceannach is a' dèanamh feum as ùr de thoglaichean a th' ann mu thràth, a' togail aonadan taigheadais modalach no a' togail àiteachan-fuirich a dh'aona-ghnothach dhan luchd-obrach. Tha àite fior chudromach aig an roinn phrìobhaidich ann a bhith a' togail is a' tabhann dhachaighean, mar eisimpleir, a' dèanamh feum de dh'fhearann agus de thoglaichean a tha rim faotainn agus tha e deatamach gun cùm iad orra leis an obair aca a thaobh taigheadas. Cuideachd, tha cothroman ann airson barrachd co-nbrachaidh eadar na roinnean priobhaideach is poblach gus frithealadh air feumalachdan taigheadais dhaoine agus cuidichidh barrachd co-nbrachaidh gus an taigheadas a tha a dhìth a thogail is a thabhann.

Choinnich am Ministear airson Taigheadas o chionn ghoirid ri Comhairle na h-Alba airson Leasachadh is Ghniomhachasan gus beachdachadh air mar as urrainn dhuinn obrachadh nas dlùithe còmhla gus ar n-amasan coitcheann a thoirt gu buil. Mar phàirt de sin, thèid co-nbrachadh a chur air adhart tro sheòlmraichean malairet ionadail agus meadhanan freagarrach eile gus bacaidean is dùbhlain agus fuasglaidhean is cothroman a chomharrachadh.

Mar a chithear ann am Prògram an Riaghaltas 2023-24, tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa gnothachasan is luchd-tasgaidh a chuideachadh le bhith a' gabhail nan cothroman eaonamach, mòra a tha gu bhith ann mar phàirt dhen għluasad air feadh an t-saoghail gu bhith a' cur cothromachadh-carboin an sàs agus gus obraichean matha, le tuarastalan matha a chruthachadh ann an roinnean leithid cumhachd bho mhuiłnean-gaoithe aig muir agus cumhachd bho haidridean.

Tha tòrr de na roinnean seo ag obair sna coimhearsnachdan dùthchail is eileanach againn. Nì sinn co-chonaltradh ris na roinnean airson cumhachd na gaoithe aig muir agus haidridean, agus ri gniomhachasan ùra leithid roinn an fhànais,

agus ris na gniomhachasan mòra a tha stèidhichte ann an sgìrean dùthchail mu thràth, leithid tuathanachas uisce agus gniomhachas an Uisce-bheatha, gus coimhead air na cothroman a th' ann airson co-nbrachadh is ionmhas a chur an sàs mu choinneimh taigheadais. Cuidichidh sin le bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh na sgìrean ionadail buannachd à obair nan roinnean sin agus cuideachd le bhith a' coileanadh amasan nàiseanta leithid a' dèiligeadh ri uidheachadh-èiginn na gnàth-shìde.

Tha tuathanachas uisce ann an Alba a' cur gu mòr ris an eaonamaidh tro mhalaire, obraichean agus airgead a tha ga chosg air bun-structair leithid taigheadas, am bann-leathann agus goireasan puirt.

Tha an roinn seo a' cruthachadh is a' cur taic ri taghadh farsaing de dh'obraichean – anns a bheil sgilean sònraichte a dhìth agus a tha a' faighinn deagh thuarastal – ann an obair tuathanachais, gnothachasan-solair, ionadan-rannsachaидh agus companaidhean innleachdach, ùra. Tha tòrr de na h-obraichean seo stèidhichte ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach na h-Alba far a bheil iad mar bhunait luachmhor dhan eaonamaidh, ged a bhios cuid a luchd-obrach uaireannan ga fhaighinn doirbh taigheadas freagarrach a lorg no taigheadas fhaighinn a tha faisg air an àite-obrach aca.

Am measg nan eisimpleirean as ùire de cho-nbrachadh feumail eadar coimhearsnachdan, an roinn seo, agus Riaghaltas na h-Alba, tha na dachaighean ùra a chaidh a thogail ann an Rùm agus Colbhasa le taic glè fheumail a fhuras bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach.

Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri roinn an tuathanachais uisce agus dhaoine eile, agus sin a' togail air leithid a dh'eisimpleirean, gus feum a dhèanamh de na com-pàirteachasan seo agus gus co-nbrachadh a chur air dòigh eadar an roinn agus na coimhearsnachdan sa bheil iad ag obair feuch an tèid dachaighean ùra a

thogail is a thabhall a chuidicheas le bhith a' gleidheadh luchd-obrach agus le bhith a' leudachadh air an àireimh de luchd-obrach.

## Rathad Abergeldie – Bealadair, Siorrachd Obar Dheathain<sup>11</sup>



Chaidh crìoch a chur air a' phròiseact aig Comann Taigheadais Roinn a' Mhonaidh san Dàmhair 2021 is chaidh 24 dachaighean a thogail airson mài sòisealta air làrach seann sgoile air Rathad Abergeldie, Bealadair. Chaidh £2.011 millean bho Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta a thoirt seachad airson a' phròiseict seo.

'S e pròiseact ath-nuadhachaidh dùthchail a th' ann agus chaidh feum a dhèanamh de sheann thogalaichean a bh' ann mu thràth agus chaidh taighean ùra a thogail. Tha pumpa-teas talmhainn aig gach dachaigh leis an urrainn do luchd-gabhall làn-smachd a chumail air an teas is uisge teth aca.

Chaidh cunnradairean ionadail a chleachdad airson na h-obrach agus mar sin chaidh maoineachadh a chur ris an eacnamaidh ionadail. Chaidh am pròiseact ainmeachadh air a' gheàrr-liosta airson duais bho Fhòram Ath-nuadhachaidh na h-Alba.

## Gníomh

Nì sinn ùrachadh air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail ann an 2024 gus ceanglaichean a neartachadh aig ire ionadail eadar taigheadas agus an eacnamaidh, agus sinn ag aithneachadh gu bheil taigheadas a' cur taic chudromach ri eacnamaidhean dùthchail is eileanach.

Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail, buidhnean iomairt agus riochdairean gnothachais, a' gabhall a-steach luchd-leasachaidh priobhaideach, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na feumalachdan a thaobh taigheadas a th' aig roinnean eacnamach cudromach. Feuchaidh sinn ri barrachd taigheadais a stèidheachadh tro bhith a' co-phàirteachadh dheagh dhòighean-obrach agus tro cho-obrachadh eadar fastaichean is luchd-solair taigheadais.

Mar thoradh air an obair gus am Plana Gníomh seo ullachadh agus tro Cho-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Co-chruinneachadh Cheann a Deas na h-Alba, thathar a' togail cheanglaichean nas làidire eadar daoine, leithid tro Chom-pàirteachasan Roinneil Eacnamach, gus prìomh ghnìomhan a chomharrachadh is a choileanadh mar thaic do thaigheadas agus dhan eacnamaidh. Sna Com-pàirteachasan Roinneil Eacnamach, tha luchd-ùidhe is luchd-compàirt roinneil a' tighinn còmhla – agus iad a' cur an cuid ghoireasan is stòrasan gu feum ann an com-pàirt agus mu choinneimh amasan sònraichte, a' co-phàirteachadh eòlas, agus ag aontachadh mholaidhean ùra – gus fàs eacnamach, in-ghabhalach a thoirt air adhart aig ire ionadail, roinneil agus nàiseanta. Tha àite cudromach aca cuideachd san obair gus cothroman eacnamach ùra a chomharrachadh, leithid roinnean is raointean far a bheil fàs, agus

11 Dealbh: Comann Taigheadais Roinn a' Mhonaidh

ag obair còmhla ri luchd-compàirt ionadail gus cuideachadh le bhith a' frithealadh air feumalachdan taigheadais.

Tha cothrom ann leis a' phlana seo na ceanglaichean aig ìre nàiseanta, ionadail agus roinneil eadar leasachaidhean eaconamach is taigheadas a neartachadh agus dòighean-obrach co-obrachail a dhaingneachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid an taigheadas a stèidheachadh.

## Ceann a Deas na h-Alba

Leis a' cho-obrachadh eadar Riaghaltas na h-Alba, priomh luchd-compàirt roinneil agus roinn an taigheadais – a' gabhail a-steach mar a chaithd a' Bhuidheann-ghniomh Ro-innleachdail airson Taigheadas aig a' Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach a stèidheachadh – tha cothroman ann gus obrachadh còmhla airson cuideachadh le bhith a' stèidheachadh barrachd taigheadais. Tha seo a' togail air obair a tha luchd-compàirt a' dèanamh a-cheana, leithid dleastanasan reachdail an dà ùghdarrais ionadail (Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh) agus thèid gniomhan is cothroman com-pàirteach a ghabhas cur an sàs le luchd-compàirt a chomharrachadh, leithid mar as urrainn dhan roinn phriobhaidich agus taigheadas coimhearsnachd cuideachadh le bhith a' togail is a' tabhann dhachaighean sàrmhath. Tha e glè chudromach mar phàirt dhen cho-obrachadh seo gun dèanar cinnteach gum faicear na buannachdan a thig bho bharrachd leasachaidhean taigheadais ann an eaonamaidh is siostam-solair Cheann a Deas na h-Alba, agus gum bithear a' dèanamh ceangal ri obair a' Chom-pàirteachais Roinneil Eaconamaich san fharsaingeachd a thaobh nan sgilean a tha dhìth san sgìre.

## A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan

Às dèidh chòmhraidaean aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, chaithd fo-bhudheann airson Taigheadas a stèidheachadh aig a' Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach. Air a' bhuidhinn seo, a tha air a cur air dòigh le lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha riochdairean bho ùghdarrasan ionadail, Riaghaltas na h-Alba, Caidreachas Chomann Taigheadais na h-Alba, Urras na h-Alba airson an Ama ri Teachd, Fearann Coimhearsnachd na h-Alba agus daoine eile agus bidh iad a' beachdachadh air ceanglaichean, cothroman agus uallaicheadan eaconamach a thaobh an taigheadais a th' ann mu thràth agus a bhith a' stèidheachadh taigheadas ùr agus bidh iad a' beachdachadh air mar a thèid ionmhas a chur an sàs san fharsaingeachd, sgilean agus feumalachdan a thaobh comasachd.

Choinnich a' bhuidheann seo o chionn ghoirid, agus tha còmhraidaean a' leantainn mu na cùisean air am bu chòir cuideam a chur. Am measg nan cùisean sin tha: a' beachdachadh air na cothroman airson fàs thar nan ath 10 bliadhna, na thathar a' togail sna roinnean priobhaideach is poblach a' gabhail a-steach taigheadas aig prìs reusanta agus leasachaidhean taigheadais air an stiùireadh le fastaichean, agus na ghabhas togail leis a' ghnìomhachas thogail agus na tha dhìth a thaobh sgilean.

## Gníomh

Obraichidh sinn còmhla ri lomairt Cheann a Deas na h-Alba agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean tro na fo-bhuidhnean airson taigheadas aig a' Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach, mar phàirt de sin thèid beachdachadh air na cothroman a th' ann gus leudachadh air an eaconamaidh san àm ri thighinn, mar a thèid taigheadas ùr a thogail is a thabunn, comasan togail agus na sgilean a th' aig daoine agus an t-àite a th' aig an roinn phrìobhaidh san fharsaingeachd ann a bhith a' cuideachadh le agus a' frithealadh air feumalachdan taigheadais.

## Aontaidhean airson Fàs

Tha Aontaidhean airson Fàs ann am Bailtean-mòra agus Sgìrean eadar Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas na RA agus ùghdarrasan ionadail air an dealbh gus dòighean-obrach ro-innleachdail a chur an sàs thar na h-ùine fada gus eaconamaidhean sgìreil a leasachadh. Tha iad air an cur an gníomh le com-pàirteachasan roinneil a tha air an stiùireadh le ùghdarrasan a bhios ag obair còmhla ris an roinn phrìobhaidh, luchd-solair foghlaim agus sgilean, agus le ar buidhnean iomairt is sgilean.

Tha taigheadas mar phàirt de thòrr de na h-aontaidhean seo. Tha an t-Aonta airson Fàs airson Earra-Ghàidheal is Bhòid, a tha a' tighinn nas fhaisge air èire Aonta lomlan, a' gabhail a-steach mholaidhean gus taic a chur ri taigheadas aig prìs reusanta dhen t-seòrsa fhreagarrach agus san àite cheart a chuidicheas le taigheadas airson prìomh luchd-obrach agus molaidhean gus taic a chomharrachadh do dh'fhasataichean dùthchail gus cuideachadh le àiteachan-fuirich do luchd-obrach, leithid àiteachan-fuirich do chunnradairean dùthchail nuair a tha sin a dhìth. Mar phàirt de na molaidhean seo, thathar a' beachdachadh air àiteachan-

fuirich do luchd-obrach ann an Tobar Mhoire ann am Muile.

Tha pròiseact Ath-nuadhachaidh Knab ann an Sealainn – a tha a' faighinn taic suas ri £9.6 millean bho Riaghaltas na h-Alba mar phàirt dhen Aonta airson Fàs airson nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba luach £50 millean – ag amas air barrachd air dìreach pròiseact taigheadais le goireasan is seirbheisean taice. 'S e a tha fa-near dhaibh, làrach a chruthachadh a thèid a chur gu feum ann an iomadh dòigh agus far am faod beatha mhath a bhith aig daoine de gach aois, agus a chuireas taic ri innleachdas is cruthachalachd, math dhaoine agus far an dèanar feum ealanta de raointeán poblach ri taobh taigheadas a tha freagarrach airson an ama ri teachd agus a bheir cothroman do dhaoine a bhith sùbailte nam beatha agus nan obair.

Tron Aonta airson Fàs airson Moireibh, thèid taic a chur ri pròiseact gus Measgachadh de Thaigheadas a Thogail agus Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad suas ri £5 millean air a shon. Tha e mar amas dhan phròiseact taic a chur ri, agus cuideachadh gus adhartas nas luaithe a dhèanamh le, obair gus 300 dachaigh aig prìs reusanta a thogail no a thabunn, brosnachadh a thoirt do chompanaidhean togail priobhaideach gus taighean margaidh a thogail no a leasachadh, taic a thoirt do dh'obair ath-nuadhachaidh air làraich a ghabhas ath-leasachadh ann am meadhan bhailtean agus do thaigheadas ùr ann am bailtean dùthchail nas mothà agus nas lugha air feadh Mhoireibh.

Tron Aonta airson Baile-mòr Inbhir Nis is Sgìre na Gàidhealtachd, tha Riaghaltas na h-Alba air £5 millean a ghealltann gus taigheadas sàr mhath aig prìs reusanta a thogail no a thabunn ann an àiteachan dùthchail air feadh na Gàidhealtachd, agus sin a' cuideachadh gus leigeil le daoine òga agus daoine a tha a' cur ris an eaconamaidh a bhith a' fuireach air a' Ghàidhealtachd no gluasad dhan sgìre. Cuideachd, tha am pròiseact, Taic-Beatha Innleachdach, a' togail 32 dachaighean ùra le goireasan-

taice teicneòlach, agus ag ùrachadh 8 dachaighean eile gus na goireasan sin a chur annta, airson inbhich a tha feumach air dòn agus daoine a chleachd a bhith sna feachdan armaichte feuch an tèid aca air fuireach leotha fhèin is beatha neo-eisimeileach aca.

## Modhan-togail Ùra

Thatar air a bhith dhen bheachd o chionn iomadh bliadhna gu bheil cothroman ann an lùib phròiseactan gus taigheadas ùr a thogail a thaobh mar a ghabhadh barrachd dhen obair-thogail a dhèanamh air falbh bho làrach an taigheadais (canar Modhan-togail Ùra no MtÙ gu tric ri seo). Bithear a' cleachdadadh diofar mhodhan-obrach 'air falbh bhon làrach' gu soirbheachail ann an Alba ('s e frèam fiadha le pannalan fogailte as cumanta) sa mhòr-chuid dhen obair gus taighean a thogail, ge-tà, cha deach na siostaman nas iomadh-fhillte dhen t-seòrsa obair-thogail seo a chur an sàs chun na h-aon ìre.

O chionn iomadh bliadhna tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' toirt taic do dh'obair-togail air falbh bhon làrach an lùib leasachaidhean taigheadais tro thaic-airgid do phròiseactan mar phàirt de Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta. Bithear a' cleachdadadh co-dhiù aon de na Modhan-togail Ùra airson mu 90% de na dachaighean ùra a thèid a thogail tro Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta. Tha luchd-ùidhe bho sgìrean dùthchail is eileanach air ùidh a nochdadh ann a bhith a' faighinn barrachd fios air dòighean ùra gus taigheadas a thogail.

Tron phròiseact A' Taisbeanadh Dhachaighean ann an Dùn Èideann, tha sinn a' sgrùdadadh laigsean coileanaidh, acfhainn is pìosan togail agus inbhean dealbhachaidh coitcheann, agus a' feuchainn modal gnothachais ùr stèidhichte air solarachadh com-pàirteach.

Tha sinn a' sìreadh barrachd fianais agus tha sinn airson cothroman a chomharrachadh a thaobh mar a ghabhas modhan-togail air falbh bhon làrach a chleachdadadh nas trice, far am bi sin a' cuideachadh le bhith a' togail dhachaighean sàr-mhath a tha èifeachdach a thaobh cumhachd.

## Caolas Ulbha, Muile – Earrachaidheal is Bòd<sup>12</sup>



Fhuair Urras Coimhersnachd Mhuile is Eilean ì £805,340 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach airson a' phròiseict seo. Chaidh sia taighean a thogail thairis air dà ìre dhen phròiseact gus cuideachadh leis mar a tha cruaidh fheum air taigheadas san eilean, agus gus cuideachadh le àireamhan sa bhun-sgoil ionadail.

Ri linn an dealbhachaidh ùr-ghnàthaich le modalan, cha tug The Wee House Company ach 7 mìosan gus na taighean a thogail air an làrach, mar phàirt de phròiseact ceithir-bliadhna. Tha gach taigh air a dhèanamh le eadar 4 is 6 modalan, a rèir meud na dachaigh, agus chaidh 90% dhen obair-thogail a dhèanamh ann am factaraidh aig ionad a' chompanaidh ann an Cumnag, agus sin a' ciallachadh gun gabhadh obair ullachaidh a dhèanamh air an làrach aig an aon àm.

12 Dealbh: Urras Coimhersnachd Mhuile is Eilean ì

## Gníomh

Coimheadaidh sinn air a' bhuaidh a bhios aig, agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann le, modhan-togail ùra ann an sgìrean dùthchail is eileanach thairis air an ath dhà mhìos dheug gus faicinn dè na buannachdan a thig bhuapa (mar eisimpleir, cosgaisean, ùine, càileachd taigheadais, an àrainneachd is an eaonamaidh).

## Traigeadas airson Prìomh Luchd-obrach

Tha dùblain ann ro choimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach na h-Alba nuair a thig e gu bhith a' fastadh is a' gleidheadh luchd-obrach. Dh'fhaodadh gun cuideachadh molaidhean leithid an Sgeama Dearbhaidh aig Riaghaltas na h-Alba airson Bhòsa Dùthchail le bhith a' tàladh dhaoine gu sgìrean dùthchail is eileanach agus dh'fhaodadh iad cuideachadh le bhith a' toirt taic do dh'fastaichean gus frithealadh gu ìre nas fheàrr air feumalachdan luchd-obrach.

Ma tha eaonamaidh làidir gu bhith aig an sgìre, tha e riatanach gun urrainn do dh'fastaichean prìomh luchd-obrach a thàladh agus a ghleidheadh san sgìre, chan ann a-mhàin gus seirbheisean a thoirt do choimhearsnachdan ach cuideachd gus taic a thoirt dhan eaonamaidh feuch am bi i soirbheachail agus a' dol am meud. Tha dleastanas glè chudromach air fastaichean – a' gabhail a-steach fhastaichean bhon roinn phoblaich leithid Coilltearachd agus Fearann Alba, Oighreachd a' Chrùin Alba, lomairt Cheann a Deas na h-Alba, lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus buidhnean eile leithid na Bùird Shlàinte – gus beachdachadh air mar as urrainn dhaibh cuideachadh le seo. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh iad feum na b' fheàrr a dhèanamh de ghoireasan, toglaichean is fearann a th' aca gus cuideachadh le bhith a' tabhann dhachaighean do phrìomh luchd-obrach is daoine eile. Le bhith a' dèanamh sin,

bidh iad cuideachd a' dèanamh cinnteach gum mair an obair aca fhèin air stèidh nas seasmhaiche.

Tha fios againn nach obraich na h-aon phoileasaidhean a thaobh prìomh luchd-obrach sa h-uile àite agus tha e an urra ri ùghdarrasan ionadail na poileasaidhean aca fhèin a dhealbh. Faodaidh 'prìomh luchd-obrach' a bhith a' gabhail a-steach dhotairean, nursaichean, tidsearan agus oifigearan poilis, ach faodaidh e cuideachd a bhith a' ciallachadh luchd-obrach aig gnothachasan san roinn phrìobhaidh, an dà chuid luchd-obrach maireannach agus ràitheil. Faodaidh e bhith doirbh do phrìomh luchd-obrach traigeadas freagarrach a lorg, gu h-àraidh an fheadhainn a tha airson gluasad gu sgìre, ma tha tòrr iarrtais ann airson dhachaighean san roinn phrìobhaidh agus mura h-eil mòran taigheadais ann.

Gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris na dùblain a th' ann a thaobh a bhith a' fastadh is a' cumail luchd-obrach ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach, gu h-àraidh, ach chan ann a-mhàin, sna roinnean poblach is slàinte agus roinn nan seirbheisean-èiginn, tha sinn gu bhith a' toirt seachad suas ri £25 millean bhon a' bhuidseat againn airson prògram an traigheadais aig prìs reusanta eadar 2023-2028 tron Mhaoin airson Traigeadas Dùthchail aig Prìs Reusanta do Phrìomh Luchd-obrach. Leis a' mhaoineachadh sin, 's urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail is uachdarain shòisealta chlàraichte toglaichean no dachaighean freagarrach a cheannach ann an sgìrean dùthchail is eileanach a ghabhas a thoirt seachad air mhàl no air chùmhnant do dh'fastaichean gus am bi dachaighean aig prìs reusanta ann do phrìomh luchd-obrach. Mar phàirt de sin, faodar feum as ùr a dhèanamh de thoglaichean falath no toglaichean no dachaighean a cheannach sa mhargaidh fhosgailte gus am bi barrachd dhachaighean aig prìs reusanta ann do phrìomh luchd-obrach.

Thatfar an dùil gum bruidhinn ùghdarrasan ionadail ri diofar bhuidhnean san sgìre aca

leithid fhastaichean san roinn phoblaich, prìomh bhuidhnean poblach leithid lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean is lomairt Cheann a Deas na h-Alba, agus ri gnothachasan ionadail is uachdarain shòisealta chlàraichte gus feumalachdan taigheadais a chomharrachadh is molaidhean aontachadh.

## Gníomh

Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail aig Prìs Reusanta do Phrìomh Luchd-obrach a thoirt seachad agus nithear cinnteach gum bi co-chonaltadh èifeachdach ann aig ìre ionadail le fastaichean is uachdarain shòisealta chlàraichte gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh tuilleadh dhachaighean do phrìomh luchd-obrach.

## Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus Poileasaidhean Ùghdarrasan Ionadail airson Prìomh Luchd-obrach

Feumaidh a h-uile ùghdarris ionadail Ro-innleachd Taigheadais Ionadail ullachadh sam bi ro-innleachd, prìomhachasan is planaichean an ùghdarrais a thaobh a bhith a' togail is a' tabhann taigheadas agus a thaobh sheirbheisean co-cheangailte ris. Ma tha fianais ann gu bheil gnìomhan a dhìth gus taigheadas freagarrach a stèidheachadh do phrìomh luchd-obrach, bu chòir poileasaidh airson sin a bhith san Ro-innleachd Thaigheadais Ionadail. Ged a bhithear a' cleachdadadh na h-abairt prìomh luchd-obrach gu tric airson a bhith a' ciallachadh luchd-obrach riatanach bhon roinn phoblaich, faodaidh e cuideachd a bhith air a chleachdadadh ann an seagh nas fharsainge gu bhith a' gabhail a-steach a bhith a' fastadh is a' gleidheadh luchd-obrach a tha riatanach nuair a thig gu bhith a' libhrigeadh is a' leasachadh sheirbheisean ionadail. Tha e an urra ri ùghdarrasan ionadail iad fhèin obrachadh a-mach dè a' chiall a fhreagras orrasan.

Tha am Fòram airson Ro-innleachdan Taigheadais ionadail aig Lìonra Taigheadais na h-Alba a' cumail taic ri ùghdarrasan ionadail ris a bheil e an urra planadh ro-innleachdail a dhèanamh gus frithealadh air feumalachdan taigheadais. Bidh iad a' beachdachadh air farsaingeachd de chuspairean co-cheangailte ri poileasaidhean is ro-innleachdan taigheadais leithid Ro-innleachdan Taigheadais ionadail agus Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas. Tha e a' toirt cothrom do dh'ùghdarrasan ionadail cùisean sònraichte a thogail agus thathar a' cur cuideam mòr air a bhith a' co-phàirteachadh dheagh dhòighean-obrach.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil e cudromach gum bi dàta math a thaobh luchd-obrach aig ùghdarrasan ionadail a thig bho dhiofar thobraichean fiosrachaидh, dàta a chuidicheas iad le bhith a' stèidheachadh phoileasaidhean airson prìomh luchd-obrach agus priomhachasan taigheadais.

## Gníomh

Nì sinn cinnteach, agus sinn ag obair còmhla ri Lìonra Taigheadais na h-Alba, gum bi poileasaidhean freagarrach aig ùghdarrasan ionadail airson sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach gus barrachd dhachaighean a thogail no a thabhall do phrìomh luchd-obrach. An lùib sin, thèid tobraighean fiosrachaидh freagarrach a chomharrachadh airson dàta air luchd-obrach.

## Plana Gníomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaign

Sa Phlana Ghníomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaign, a thèid fhoillseachadh as t-Fhoghar 2023, bidh plana ro-innleachdail a stèidhicheas frèam poileasaidh gus cuideachadh le bhith a' gleidheadh is a' cur ri àireamh an t-sluaign.

Nuair a bhathar ag obair an toiseach gus Plana Gníomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaign a dhealbh, chaidh ealla a ghabhail, am measg nithean eile, ri beachdan bho choimhearsnachdan a fhuras sa cho-chomhairleachadh air Bann nan Eilean. Sa cho-chomhairleachadh sin chaidh grunn nithean a chomharrachadh a bha a' cur bacadh air oidhirpean gus sluagh a ghleidheadh is a chur am meud, leithid taigheadas, eaonamaidh le tuarastalan beaga agus cion chothroman air trèanadh airson sgilean.

Mar thoradh air sin, tha sinn air obrachadh ann an com-pàirt ris a' Bhuidhinn-obrach air Cùisean-sluaign aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus Pròiseactan Dearbhaile airson Sgilean nan Eilean agus Cur ri Sluagh nan Eilean a chur an sàs. Thathar ag obair air trì pròiseactan: ann an Arainn is Cumradh, thairis air na trì eileanan seo Eilean Bhòid, Colla is Tiriodh, agus ann an Uibhist.

Tha e mar amas do na pròiseactan seo measadh a dhèanamh air mar a dh'obraicheas dòighean-obrach is taic a dh'aona-ghnothach a tha stèidhichte air an àite agus a tha a' frithdealadh air agus a' gabhail ealla ri feumalachdan ionadail a thaobh sgilean is chosnaidhean. Nuair a bhios iad deiseil, cuidichidh am measadh le bhith a' sealltann an gabh na dòighean-obrach seo a chleachdadadh gus cuideachadh le prògraman sgilean is cosnaidh, no gus na prògraman sin a leasachadh, air feadh an riaghaltais agus bhuidhnean buntainneach.

Tro thaic do shlighean dreuchdail, ath-thrèanadh, agus cothroman gus sgilean a bharrachd ionnsachadh, 's urrainn dhuinn cuideachadh le bhith a' cur ri iomadachd eaonamaidhean ionadail agus le bhith a' leudachadh air comasan is sgilean dhaoine air feadh diofar roinnean, leithid roinn na h-obrach-togail. Le bhith a' dèanamh sin, bidh sinn a' toirt tuilleadh taice dhan obair gus barrachd dhachaighean a thogail is a thabhall ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach.

### Gníomh

Nithear breithneachadh ann an 2023-24 air na dh'obraich gu math agus air na dùbhlain a dh'èirich an lùib nam pròiseactan a chaidh a chur an gníomh airson Sgilean nan Eilean agus Cur ri Sluagh nan Eilean ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Siorrhachd Àir a Tuath, agus sna h-Eileanan Siar. An uair sin, beachdaichidh sinn, còmhla ri luchd-compàirt, air mar a dh'faodar feum a dhèanamh de na dòighean-obrach a chaidh a chleachdadadh gus cothroman a chruthachadh airson dèiligeadh ri cion sgilean is chomasan ann an roinn na h-obrach-togail.

## Eilean Ruma, A' Ghàidhealtachd<sup>13</sup>



Ghabh Urras Coimhersnachd Eilean Ruma pròiseact lèirsinneach os làimh gus taigheadas aig pris reusanta a thogail airson cuideachadh le bhith a' cur dòn air sgoil an eilein, anns an robh dithis sgoilearan. Bha e mar amas dhan urras daoine ùra a thàladh a Rùm, agus iad a' feuchainn ri teaghlaichean, luchd-ciùird sgileil agus gnothachasan a tharraing dhan eilean feuch am biodh coimhersnachd nas seasmhaiche aca.

Fhuair am pròiseact taic-airgid luach £454,300 bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach gus ceithir taighean le dà sheòmar-cadail a thogail. Chaidh crìoch a chur air na taighean as t-fhoghar 2020, agus tha pannalan-grèine air am mullaich, stuthan teas-dhònach glè mhath annta agus tha stòbhaichean a loisgeas fiodh aca airson barrachd teas.

Dh'obraich Urras Coimhersnachd Eilean Ruma còmhla ri Mowi, agus thug Mowi ceithir làraich thogail, air an làn uidheamachadh le goireasan, dhan choimhersnachd nuair a bha iad a' togail àiteachan-fuirich is oifisean dhan luchd-obrach aca fhèin. Cuideachd, thug Mowi taic-airgid seachad gus cuideachadh le bhith a' togail nan dachaighean dhan choimhersnachd. Cuideachd, chuir Mowi 10 goireasan acrach air dòigh do bhàtaichean-seòlaidh sa bhàgh, agus tha sin air barrachd luchd-tadhail a thàladh chun an eilein agus air cur ri teachd-a-steach na coimhersnachd. 'S e aon de na goireasan a tha air daoine ùra a tharraing a Rùm, bann-leathann luath, a tha a' ciallachadh gun urrainn dhaibh obair bhon taigh san eilean. Chuir Mowi air dòigh an ceangal le bann-leathann luath a chum maith an eilein air fad, agus tha ceangal snàithlich ri fhaotainn sa bhaile a-nis.

13 Dealbh: Urras Coimhersnachd Eilean Ruma

# Sgrùdadh air Coileanadh a' Phlana Ghniomh

Obraichidh sinn còmhla ri taghadh farsaing de luchd-compàirt gus am Plana Gniomh seo a choileanadh, agus sinn a' dèanamh sgrùdadh is measadh air coileanadh is buaidh a' phlana, agus a' gabhail ealla ris mar a dh'atharraicheas cùisean ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach na h-Alba.

Bidh co-nbrachadh ann agus co-chonaltradh ri luchd-compàirt is coimhearsnachdan gus cuideachadh le coileanadh a' phlana, agus thèid àrd-choinneamh a chumail gach bliadhna leis a' Mhiniestar airson Taigheadas sa chathair gus sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh is buaidh a' phlana, agus air mar a tha cùisean ag atharrachadh ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach na h-Alba.

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air adhartas le bhith a' coileanadh a' gheallaidh aig Riaghaltas na h-Alba gus 110,000 dachaigh ùr aig prìs reusanta a thogail no a thabhan airson 2032 agus bidh 70% dhiubh rim faotainn air mhàl sòisealta agus bidh 10% dhiubh sna coimhearsnachdan iomallach, dùthchail is eileanach againn. Thèid an sgrùdadh sin a dhèanamh tro na modhan-riaghlaidh aig Riaghaltas na h-Alba airson Taigheadas gu ruige 2040, agus tro bhith a' foillseachadh staitistearachd oifigeil mu adhartas gach ràith agus san Aithisg-thoraidhean Bhliadhnaill airson Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta aig an Roinn airson Barrachd Dhachaighean.

A thaobh sgrùdadh air coileanadh a' Phlana Ghniomh, thuirt am Ministear airson Taigheadas: "Aig an àrd-choinneimh bhliadhnaill bidh cothrom ann measadh a dhèanamh air adhartas agus beachdan a chluinntinn bhon luchd-ùidhe aig an robh pàirt cudromach san obair gus am Plana Gniomh seo foillseachadh. Tha fios againn gur e seo a' chiad cheum, cunntas air na tha sinn an dùil a dhèanamh a thaobh taigheadas sna coimhearsnachdan dùthchail is eileanach againn, agus tha e mar uallach oirnn a-nis atharrachadh nach beag a thoirt air cùisean."

# Geàrr-iomradh air na Gníomhan agus Clàr-ama Coileanaidh

Tha ar gniomhan stèidhichte air prìomhachasan sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada:

**Geàrr-ùine** – 0-9 mìosan

**Mheadhan-ùine** – 10-24 mìosan

**Ùine fhada** – 24+ mìosan

## Mar as Urrainnear Barrachd Dhachaighean Sàr-mhath a Thabhann aig Prìs Reusanta

Gníomh	Clàr-ama
1. Obraichidh sinn còmhla ri luchd-ùidhe gus sgrùdadadh a dhèanamh air mar a thèid poileasaidhean planaidh nàiseanta bho Fhrèam Planaidh Nàiseanta 4 a chur an gniomh tro Phrògram Coileanaidh an Fhrèam agus beachdachaiddh sinn Planaichean Leasachaiddh ionadail ùra nuair a tha iad gan ullachadh le sùil air an adhartas a thig bho na planaichean sin, gu h-àraidh a thaobh mar a tha bhios iad a' togail air agus a' co-fhreagairt air poileasaidhean Frèam Planaidh Nàiseanta 4.	Meadhan-ùine – Ùine fhada
2. Obraichidh sinn còmhla ri buidhnean Riaghaltas na h-Alba agus Buidhnean Poblach Neo-roinneil buntainneach gus fearann no toglaichean, air nach eil feum aca tuilleadh, a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson taigheadas aig prìs reusanta.	Meadhan-ùine
3. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dh'Oifigearan Tuineachaidh Coimhairsnachd ann an 2023-24 agus nì sinn breithneachadh air na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn bho bhith a' stèidheachadh chom-pàirteachasan eadar na roinnean poblach, priòbhaideach is coimhairsnachd gus fearann a chomharrachadh airson taigheadas.	Meadhan-ùine
4. Nuair a chomharracheas ùghdarris ionadail bacaidhean sònraichte a thaobh mar a tha fearann freagarrach ri fhaotainn airson dachaighean aig prìs reusanta, obraichidh sinn còmhla riutha agus còmhla ri luchd-seilbh fearainn agus luchd-ùidhe buntainneach gus cothroman eile a chomharrachadh a thaobh fearann a dh'fhaodadh a bhith air a chleachdadadh airson taigheadas.	Geàrr-ùine
5. Bheir sinn reachdas airson Ath-leasachadh an Fhearnainn a-steach gus am bi barrachd soilleireachd ann a thaobh cò leis a tha am fearann, gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum faighear buannachdan dhan phoball bho phìosan mòra fearainn agus gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhairsnachdan le bhith a' toirt barrachd chothroman dhaibh gus sealbh fhaighinn air fearann agus gus gnothach a ghabhail ri co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid feum a dhèanamh de dh'fhearrann san sgìre aca.	Geàrr-ùine

## Mar as Urrainnear Barrachd Dhachaighean Sàr-mhath a Thabhan aig Prìs Reusanta

Gníomh	Clàr-ama
6. Cuiridh sinn ris na comasan a th' aig coimhairsnachdan agus ris an eòlas a th' aca air a' phròiseas airson larrtasan airson Sealbh agus sinn ag obair còmhla ri coimhairsnachdan, ùghdarrasan buntainneach, agus ar luchd-compàirt leithid na Buidhne-gníomh Nàiseanta airson larrtasan airson Sealbh. Nì sinn sin le bhith a' brosnachadh dhaoine gus innse do chàch a chèile mu na deagh dhòighean-obrach aca (leithid gum bi daoine ainmichte aig ùghdarrasan buntainneach ris am faod coimhairsnachdan conaltradh a dhèanamh), agus le bhith a' moladh mhodhan-obrach soilleir a tha a' gabhail làn-ealla ris na tha na coimhairsnachdan a' miannachadh.	Geàrr-ùine - Meadhan-ùine
7. Nì sinn sgrùdadadh air na th' aig luchd-solair de ghoireasan gigabit agus air na tha iad an dùil a thogail dhiubh, agus mar phàirt de sin iarraidh sinn beachdan bho luchd-ùidhe san fharsaingeachd.	Geàrr-ùine
8. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth còmhla ri A' Cur ri Goireasan Didseatach na RA fhad 's a thathar a' dèanamh adhartas mu choinneimh a bhith a' tairgsinn nan ciad chùmhnan tan solarachaidh airson Pròiseact Gigabit ann an Alba, tha dùil againn gun tachair sin ro dheireadh 2023.	Geàrr-ùine
9. Ann an 2023, nì sinn co-chomhairleachadh air atharraichean air inbhean-togail a bhiodh a' fàgail dleastanas air luchd-leasachaidh gus ceanglaichean didseatach sàr mhath a chur air dòigh anns gach leasachadh taigheadais ùr.	Geàrr-ùine

## A' Dèanamh an Fheum as Fheàrr dhen Taigheadas a th' ann Mu Thràth agus a' Cuideachadh Dhaoine gus Sealbh Fhaighinn air Dachaigh

Gníomh	Clàr-ama
1. Cuiridh sinn dàrnach reachdas an sàs tron urrainn do chomhairlean sùim suas ri 100% a bharrachd a chur air ìrean cìse comhairle airson dàrna dachaighean bhon Ghiblean 2024.	<b>Geàrr-ùine</b>
2. Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus sgrùdadadh a dhèanamh air mar a thèid raoitean-rian airson àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine a stèidheachadh airson tuigse fhaighinn is eòlas a cho-phàirteachadh air mar a tha iad air comhairlean ann an diofar àiteachan (sgìrean bailteil is dùthchail) a chuideachadh gus rian nas fheàrr a chumail air àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine. Thèid sgrùdadadh is aithris nas fharsainge a dhèanamh ann an 2025 air mar a tha riaghailtean airson diofar sheòrsaichean àiteachan-fuirich air mhàl geàrr-ùine gan cur an sàs, a thaobh planaидh agus cheadan.	<b>Geàrr-ùine</b>
3. Obraichidh sinn còmhla ri Com-pàirteachas Dhachaighean Falamh na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh gus feum as ùr a dhèanamh de bharrachd dhachaighean falamh ann an sgìrean dùthchail is eileanach, agus sinn a' cur nan cothroman maoineachaidh a th' ann air adhart, a' co-phàirteachadh shàr dhòighean-obrach agus a' comharrachadh chothroman airson co-nbrachadh nas dlùithe eadar daoine.	<b>Geàrr-ùine – Meadhan-ùine</b>
4. As t-Samhraidh 2024, barantaichidh sinn rannsachadh neo-eisimeileach gus cuideachadh le sgrùdadadh air sealbh air dachaighean aig prìs reusanta ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach. Beachdaichidh sinn air toraidhean an rannsachaidh seo agus molaidhean sam bith fhad 's a tha sinn a' stèidheachadh nan gníomhan a bhios a dhìth gus an ath cheum a ghabhail.	<b>Geàrr-ùine – Meadhan-ùine</b>
5. Bidh sinn a' cur taic ri agus a' brosnachadh dhaoine gus barrachd uallaichean taigheadais dùthchail a chleachdadh airson taigheadas aig prìs reusanta a thogail no a thabhall. Mar phàirt de sin, obraichidh sinn còmhla ri luchd-iasaid gus faicinn ciamar as urrainn dhaibh cuideachadh le uallaichean taigheadais dùthchail tro phròiseactan taigheadais aig prìs reusanta a gheibh maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba.	<b>Geàrr-ùine</b>
6. Tha sinn air cur romhainn ath-leasachadh is ùrachadh a dhèanamh air reachdas airson òrduighean ceannaich èigneachail ann an Alba gus am bi an siostam nas cothromaiche, nas soilleire agus nas luaithe airson a h-uile duine. Mar chiad cheum, nì sinn trusadh airson pannal comhairleachaidh le eòlaichean ann an 2023-24 gus cuideachadh le bhith a' beachdachadh air na roghainnean a th' ann airson ath-leasachadh.	<b>Geàrr-ùine</b>

## A' Dèanamh an Fheum as Fheàrr dhen Taigheadas a th' ann Mu Thràth agus a' Cuideachadh Dhaoine gus Sealbh Fhaighinn air Dachaigh

Gníomh	Clàr-ama
<p>7. Ann an 2024 nì sinn obair gus beachdachadh air na h-adhbharan airson Òrdraighean Ceannaich Èigneachail agus mar a tha iad gan cur an sàs gu practaigeach, gu h-àraidh le sùil ris a' ghealladh againn gus ath-leasachadh a thoirt air Òrdraighean Ceannaich Èigneachail.</p>	<p><b>Geàrr-ùine – Meadhan-ùine</b></p>
<p>8. Le maoineachadh a bharrachd luach £1.9 millean ann an 2023 – 2024, cumaidh sinn oirnn a' toirt taic-airgid do chroitearan a tha airson taigh-croite a thogail no a leasachadh agus bheir sinn prìomhachas dhan fheadhairinn as mothà aig a bheil feum air an taic. Cuideachd, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh ath-sgrùdadadh gach bliadhna air an sgeama gus measadh a dhèanamh air buaidh is èifeachd an sgeama agus sinn a' dèanamh cinnteach gum bi e fhathast a' toirt taic air leth feumail do chroitearan a tha ag obrachadh na talmhairinn.</p>	<p><b>Geàrr-ùine</b></p>

## Taic do Leasachaidhean fo Stiùir na Coimhersnachd

Gníomh	Clàr-ama
1. Neartaichidh sinn na ceanglaichean obrach eadar Maoin Fearainn na h-Alba agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach gus am bi co-dhùnaidhean a nithear a thaobh choimhersnachdan a' co-fhreagairt nas fheàrr air a chèile.	Geàrr-ùine
2. Nì sinn sgrùdadadh air dòighean-obrach na Maoine airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach gus an urrainnear maoineachadh-comasachd a thoirt seachad nas tràithe, nuair a tha sin a dhìth, mar thaic do mheasaidhean taigheadais ionadail a dh'fhaodadh cuideachadh le iarrtasan airson taic bho Mhaoin Fearainn na h-Alba.	Geàrr-ùine – Meadhan-ùine
3. Tha sinn a' toirt seachad taic-airgid, a tha air a co-mhaoineachadh leis an Stèidheachd Nàiseanta, luach suas ri £960,000 airson 2023-24 – 2025-26 airson cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na comasan is an t-eòlas aig an luchd-obrach aig Urras Taigheadais nan Coimhersnachdan agus Taigheadas Coimhersnachd Cheann a Deas na h-Alba gus na pròiseactan a tha sna clàran-obrach aca a thoirt gu buil.	Geàrr-ùine
4. Nì sinn ùrachadh ann an 2024 air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas gus am bithear a' cur cuideam air taigheadas fo stiùir na coimhersnachd. Bidh an stiùireadh ùr a' brosnachadh barrachd co-chonaltraidh aig ire ionadail eadar ùghdarrasan ionadail, uachdarain shòisealta chlàraichte, luchd-comasachaidh taigheadais dùthchail agus coimhersnachdan agus bithear ag iarraidh gun tèid pròiseactan a gheibh taic bhon Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach a chomharrachadh ann am Planaichean Ionmhais Ro-innleachdail airson Taigheadas.	Geàrr-ùine
5. Ullaichidh sinn stiùireadh a chuidicheas coimhersnachdan, ùghdarrasan ionadail agus daoine eile gus measaidhean taigheadais ionadail a dhèanamh a tha stèidhichte air sàr dhòighean-obrach is modhan-obrach làidir.	Geàrr-ùine

## Traigheadas is Eaconamaidhean Ionadail

Gníomh	Clàr-ama
1. Nì sinn ùrachadh air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Traigheadais Ionadail ann an 2024 gus ceanglaichean a neartachadh aig ère ionadail eadar taigheadas agus an eaconamaidh, agus sinn ag aithneachadh gu bheil taigheadas a' cur taic chudromach ri eaconamaidhean dùthchайл is eileanach.	Geàrr-ùine – Meadhan-ùine
2. Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail, buidhnean iomairt agus riochdairean gnothachais, a' gabhail a-steach luchd-leasachaidh prìobhaideach, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na feumalachdan a thaobh taigheadas a th' aig roinnean eaconamach cudromach. Feuchaidh sinn ri barrachd taigheadais a stèidheachadh tro bhith a' co-phàirteachadh dheagh dhòighean-obrach agus tro cho-obrachadh eadar fastaichean is luchd-solair taigheadais.	Meadhan-ùine – Ùine Fhada
3. Obraichidh sinn còmhla ri lomairt Cheann a Deas na h-Alba agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean tro na fo-bhuidhnean airson taigheadas aig a' Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach, mar phàirt de sin thèid beachdachadh air na cothroman a th' ann gus leudachadh air an eaconamaidh san àm ri thighinn, mar a thèid taigheadas ùr a thogail is a thabhall, comasan togail agus na sgilean a th' aig daoine agus an t-àite a th' aig an roinn phriobhaidh san fharsaingeachd ann a bhith a' cuideachadh le agus a' frithealadh air feumalachdan taigheadais.	Geàrr-ùine – Meadhan-ùine
4. Coimheadaidh sinn air a' bhuaidh a bhios aig, agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann le, modhan-togail ùra ann an sgìrean dùthchайл is eileanach thairis air an ath dhà mhìos dheug gus faicinn dè na buannachdan a thig bhupa (mar eisimpleir, cosgaisean, ùine, càileachd taigheadais, an àrainneachd is an eaconamaidh).	Geàrr-ùine – Meadhan-ùine
5. Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus a' Mhaoin airson Taigheadas aig Prìs Reusanta do Phrìomh Luchd-obrach a thoirt seachad agus nithean cinnteach gum bi co-chonaltradh èifeachdach ann aig ère ionadail le fastaichean is uachdarain shòisealta chlàraichte gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh tuilleadh dhachaighean do phrìomh luchd-obrach.	Meadhan-ùine – Ùine Fhada
6. Nì sinn cinnteach, agus sinn ag obair còmhla ri Lìonra Taigheadais na h-Alba, gum bi poileasaidhean freagarrach aig ùghdarrasan ionadail airson sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach gus barrachd dhachaighean a thogail no a thabhall do phrìomh luchd-obrach. An lùib sin, thèid tobraighean fiosrachaидh freagarrach a chomharrachadh airson dàta air luchd-obrach.	Geàrr-ùine – Meadhan-ùine
7. Nithean breithneachadh ann an 2023-24 air na dh'obraich gu math agus air na dùblain a dh'èirich an lùib nam pròiseactan a chaith a chur an gníomh airson Sgilean nan Eilean agus Cur ri Sluagh nan Eilean ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Siòrrachd Àir a Tuath, agus sna h-Eileanan Siar. An uair sin, beachdaichidh sinn, còmhla ri luchd-compàirt, air mar a dh'faodar feum a dhèanamh de na dòighean-obrach a chaith a chleachdad gus cothroman a chruthachadh airson dèiligeadh ri cion sgilean is chomasan ann an roinn na h-obrach-togail.	Geàrr-ùine

# Liosta Luchd-ùidhe ris an do Rinneadh Conaltradh

Chithear gu h-ìosal liosta de luchd-ùidhe ris an do rinn sinn conaltradh fhad 's a bha sinn ag ullachadh a' Phlana Ghniomh. Fhuair sinn beachdan cuideachd bho ghnothachasan is buidhnean eile mar phàirt dhen obair againn san fharsaingeachd.

## Buidhnean-gníomh

Iomairt Cheann a Deas na h-Alba	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	Bòrd na Gàidhlig
Coilltearachd na h-Alba	Coimisean Fearainn na h-Alba	Nàdar Alba
Coilltearachd is Fearann Alba	Uisge na h-Alba	Coimisean na Croitearachd
Iomairt na h-Alba	Coimisean a' Chrùin Alba	

## Ùghdarrasan Ionadail

Crìochan na h-Alba	Dùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh	Na h-Eileanan Siar
Arcaibh	Sealtainn	Earra-Ghàidheal is Bòd
A' Ghàidhealtachd	Moireibh	Baile Obar Dheathain
Siorrachd Àir a Deas	Siorrachd Àir a Tuath	Siorrachd Àir an Ear
Peart is Ceann Rois	Aonghas	Lodainn Mheadhanach
Siorrachd Lannraig a Deas		

## Buidhnean

Fòram nan Comann Taigheadais Dùthchail is Eileanach	Caidreachas Chomann Taigheadais na h-Alba	Taigheadas Dùthchail na h-Alba
Urras Taigheadais nan Coimhairsnachdan	Com-pàirteachas Cùraim Shlàinte is Shòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid	Taigheadas Coimhairsnachd Cheann a Deas na h-Alba
Caidreachas Eileanan na h-Alba	Iomairt Dhùthchail na h-Alba	Lionra Dùthchail na h-Alba
Lionra nan Eileanach Òga	Pròiseact Òigridh Dùthchail	Cumhachd Dhachaighean na h-Alba
Caidreachas Croitearachd na h-Alba	Aonadh Nàiseanta nan Tuathanach Alba	Fearann Coimhairsnachd na h-Alba
Ùghdarris Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean	Ùghdarris Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

## Riochdairean Gnothachais

Comhairle na h-Alba airson Leasachadh is Ghniomhachasan	Bradan Alba	Luchd-comhairleachaидh Togail – MacDhòmhnaill is Camshron
Tulloch Homes	A' Bhuidheann Springfield	Openreach
Fearann is Oighreachdan na h-Alba		

## Urrasan Leasachaидh

Comann Urrasan Leasachaидh na h-Alba	Urras Leasachaидh Chaol an t-Snàimh is Ghleann Da-Ruail	Urras Leasachaидh Uig
Companaidh Coilltearachd Coimhearsnachd Taobh an Iar-thuath Mhuile	Companaidh Leasachaидh Coimhearsnachd Sgobhairigh	Luchd-comhairleachaидh Gnothachais Arcaibh is Urras Leasachaидh Shapinsay
Urras Leasachaидh Finderne	Urras Coimhearsnachd Lios Mòr	Urras Coimhearsnachd Mhuile is Eilean Ì
Urras Leasachaидh Westray	Leasachadh Taobh an Iar-thuath Mhuile is Eilean Ì	Urras Innse Gall
Urras Oighreachd Ghabhsainn	Urras Leasachaидh Raineach	Urras Coimhearsnachd Taobh an Ear Sgìre Loch Laomainn
Urras Leasachaидh Coimhearsnachd Shrath Bhlathain	Urras Leasachaидh Arainn	Urras Leasachaидh Ratharsair
Stèidheachd Chnòideirt	Urras Coimhearsnachd an Tairbeirt is Sgibnis	NETRALT
Iomairt Leasachaидh Ìle	Companaidh Leasachaидh Coimhearsnachd Cholbhasa	Urras Dualchais Eilean Ghiogha
Companaidh Leasachaидh Coimhearsnachd na Còigich	Urras Leasachaидh Coimhearsnachd Chanaigh	Companaidh Coimhearsnachd na Comraich
Urras Thiriodh	Urras Dualchais Eilean Eige	Leasachadh Eilean Ruma
Cumhachd Ath-nuadhachail Coimhearsnachd Loch Bhraoin	Urras Sgìre Oighreachd Bharabhais	Urras Leasachaидh Asainte
Urras Leasachaидh Ìle	Urras Leasachaидh Sanday	Co-thaigheadas Arcaibh
Urras Coimhearsnachd Luing	Urras Leasachaидh Eilean Clearara	Iomairt Bhaile Ùr nan Stiùbhartach
Buidheann Taigheadais Uibhist is Bharraigh	Urras Leasachaидh Bressay	

## Comainn Thraigheadais

Comann Taigheadais Taobh Siar na Gàidhealtachd	Dachaighean Fyne	Comann Taigheadais Bield
Comann Taigheadais Earra-Ghàidheal is Bhòid	Com-pàirteachas Taigheadais Innse Gall	Tighean Innse Gall
An Comann Taigheadais 'Earbsa'	Comann Taigheadais Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh	Buidheann Wheatley
Comann Taigheadais Loreburn	Comann Taigheadais Cunningham	Caidreachas Taigheadais na Gàidhealtachd
Traigheadas Albyn	Comann Taigheadais Loch Aillse is an Eilein Sgitheanaich	Àiteachan do Dhaoine
An Comann Taigheadais Cairn	Traigheadas Osprey	Comann Taigheadais Roinn a' Mhonaidh
An Comann Taigheadais Cailleannach	Comann Taigheadais na Rìoghachd	Dachaighean Hillcrest
Comann Taigheadais Chnoc a' Chaisteil	Comann Taigheadais Arcaibh Earranta	Comann Taigheadais Eildon
Comann Taigheadais Shiorrachd Bhearaig	Comann Taigheadais Hjaltland	Comann Taigheadais Loch Abar
Comann Taigheadais Chrìochan na h-Alba	Comann Taigheadais Lodainn an Ear	Comann Taigheadais Sgìre Dhùthchail Shruighlea





Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

© Còraichean a' Chrùin 2023

OGL

Tha an sgrìobhainn seo ga foillseachadh fo chumhachan Chead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin nuair a chanar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhlaibh air [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobhaibh chun an Sgioba airson Phoileasaidhean Fiosrachaидh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnaidh TW9 4DU, no cuiribh post-d thuca: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Ma tha sinn air fiosrachadh a chomharrachadh fo chòraichean chuideigin eile, feumaidh sibh cead fhaighinn bhuapanan gus am fiosrachadh sin a chleachdadadh.

Gheibh sibh an sgrìobhainn seo aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Ma tha ceistean agaibh mun sgrìobhainn seo, bu chòir dhuibh an cur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh an Naoimh Anndra  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-021-5 (web only)

Air a foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Dàmhair 2023

Air ullachadh do Riaghaltas na h-Alba leis a' Bhuidhinn APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1229262 (10/23)

w w w . g o v . s c o t